


Aithisg Barantais air Feabhas Luach

---

# Comhairle nan Eilean Siar



ACCOUNTS COMMISSION 

Air ullachadh le Sgrùdadh Alba  
An t-Sultain 2022

# Coimisean nan Cunntasan

Bidh Coimisean nan Cunntasan a' cumail chomhairlean, co-bhùird amalachaidh slàinte is cùram Sòisealta agus buidhnean riaghaltais ionadail eile ann an Alba cunntachail agus gan cuideachadh le leasachadh. Tha sinn ag obrachadh gun leth-bhreith agus gu neo-eisimeileach bho chomhairlean agus bho Riaghaltas na h-Alba agus bidh sinn a' coinneachadh agus ag aithris gu poblach.

Tha sinn an dùil gun coilean comhairlean na h-ìrean riaghlaidh as àirde airson stiùbhardachd ionmhais agus luach an airgid a thaobh mar a bhios iad a' cleachdadh an cuid ghoireasan agus a' toirt seachad an cuid sheirbheisean.

Tha an obair againn a' gabhail a-steach a bhith:


- a' cur air dòigh agus a' gabhail ghiomhan air sgrùdadh bhon taobh a-muigh air comhairlean na h-Alba, co-bhùird amalachaidh agus diofar cho-bhùird is chomataidhean
- a' measadh coileanadh chomhairlean agus co-bhùird amalachaidh a thaobh Luach as Fheàrr agus planadh coimhearsnachd
- a' dèanamh sgrùdaidhean coileanaidh nàiseanta gus comhairlean a chuideachadh gus piseach a thoirt air na seirbheisean aca
- a' toirt air comhairlean fiosrachadh fhoillseachadh gus an urrainn dhan phoball an dèanadas aca a sgrùdadh.

Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mu Choimisean nan Cunntasan air an làraich-lìn againn:

[www.audit-scotland.gov.uk/about-us/accounts-commission](http://www.audit-scotland.gov.uk/about-us/accounts-commission) 



'S e buidheann reachdail a th' ann an Sgrùdadh Alba, a chaidh a stèidheachadh sa Ghiblean 2000, fo Achd Ionmhas Poblach agus Cunntachalachd (Alba) 2000. Bidh sinn a' cuideachadh Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus Coimisean nan Cunntasan gus dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean a tha a' cosg airgead poblach ga chleachdadh gu ceart agus gu h-èifeachdach.

# Clàr-innse



Prìomh Fhiosrachadh	<b>4</b>
Toraidhean a' Choimisein	<b>5</b>
Modh-obrach sgrùdaidh	<b>7</b>
Prìomh theachdaireachdan	<b>9</b>
Pàirt 1. A bheil stiùireadh ro-innleachdail soilleir aig a' Chomhairle?	<b>11</b>
Pàirt 2. Dè cho math 's a tha a' chomhairle a' coileanadh?	<b>18</b>
Pàirt 3. A bheil a' chomhairle a' cleachdadh nan goireasan aca gu h-èifeachdach?	<b>26</b>
Pàirt 4. A bheil a' chomhairle ag obair gu math leis an luchd-pàirt aca?	<b>37</b>
Pàirt 5. A bheil a' chomhairle a' nochdadh piseach leantainneach?	<b>45</b>
Molaidhean	<b>49</b>
Eàrr-ràdh. Loidhne-ama airson sgrùdadh Feabhas Luach	<b>50</b>

# Prìomh Fhiosrachadh



**3,071.**

**Raon**

(cilemeatairean ceàrnach)

**26,500.**

**Àireamh-shluaigh**

(tuairmse meadhan-bliadhna 2020)

**1,600.**  
FTE

**Luchd-obrach**

**31.**

**Buill thaghte 2017**

23 Neo-eisimeilich  
7 Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba  
1 Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba

**£112.4**  
£ millean

2022/23  
**Buidseat teachd a-steach**

**£38.4**  
£ millean

2022/23  
**Buidseat Calpa**

**£0.541**  
£ millean


**Buidseat 2022–23**

**29.**

**Buill thaghte 2022**

22 Neo-eisimeilich  
6 Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba  
1 Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba

# Toraidhean a' Choimisein



- 1** Tha an Coimisean a' gabhail ri aithisg an Rianadair Sgrùdaidh Eadar-amail mu Chomhairle nan Eilean Siar agus tha sinn a' cur taic ris na molaidhean aige.
- 2** 'S e briseadh-dùil a th' ann nach do chùm a' Chomhairle oirre leis an adhartas air an do dh'aithris sinn anns an t-sreath as ùire de na h-aithisgean Feabhas Luach againn eadar 2006 agus 2014.
- 3** Gu sònraichte, thug sinn fa-near ann an 2014 gun robh feum air ceannardas soilleir agus èifeachdach eadar buill agus oifigearan agus a bhith a' cumail ri prionnsapalan Feabhas Luach. Leis na dùbhlain ionmhais mòra a tha ron Chomhairle, tha sinn fìor iomagaineach gum feum sinn cur an cèill a-rithist cho cudromach 's a tha e gun coilean buill thaghte na dleastanasan ceannais aca ann a bhith a' toirt seachad prìomhachasan agus stiùireadh ro-innleachdail soilleir gus na sàbhalaidhean agus leasachaidhean san amharc a libhrigeadh. Tha seo deatamach gus na co-dhùnaidhean ro-innleachdail doirbhe a tha ron Chomhairle a thaobh atharrachadh agus leasachadh fhiosrachadh. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil a' Chomhairle air a bhith ag obair gu h-eachdraidheil às aonais rianachd phoilitigeach foirmeil, tha e cudromach toirt fa-near gu bheil dleastanas Feabhas Luach a' buntainn ris a h-uile ball taghte, le taic bho oifigearan a tha a' toirt seachad roghainnean ro-innleachdail soilleir. Tha sinn cuideachd ag ràdh gu làidir gum feumar taic a thoirt do bhuill leis na dleastanasan aca tro thrèanadh is leasachadh èifeachdach, a' gabhail a-steach nan dleastanasan co-ionannachd aca.
- 4** Ma thathar gu bhith misneachail gun dèilig a' Chomhairle ris na dùbhlain aice, feumaidh dòigh-obrach èifeachdach a thaobh planadh ionmhais is calpa a bhith ann sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine. Tha sinn a' cur an cèill gu soilleir gum feum a' Chomhairle a' chùis seo a thoirt air adhart, agus sinn cuideachd a' toirt fa-near do na duilgheadasan leantainneach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil comas-libhrigidh aig foincsean rianachd ionmhais na Comhairle. Tha planaichean luchd-obrach ùraichte cuideachd deatamach gus aghaidh a thoirt air cùisean comas-libhrigidh nas fharsainge a tha mu choinneamh na Comhairle.

- 5** Tha sinn ag aithneachadh nan dùbhlann sònraichte a tha mu choinneamh na Comhairle agus a com-pàirtichean ann a bhith a' toirt bhuilean do mhuinntir nan Eilean Siar, a' dèiligeadh ri factaran mòra leithid crìonadh-sluaigh, cothrom air taigheadas agus bochdainn connaidh. Mar sin tha sinn a' moladh na Comhairle airson a bhith ag obair gu math le a com-pàirtichean agus airson a coileanadh ann an raointean leithid foghlam agus ann an ceumannan gus taic a thoirt dhan eaconamaidh.
  - 6** Tha sinn a' moladh na deagh dhàimh a tha a' Chomhairle ag àrach leis na coimhearsnachdan aice, a chaidh a nochdadh san fhreagairt èifeachdach aice dhan ghalar lèir-sgaoilte. 'S e deagh bhunait a tha seo airson a bhith a' libhrigeadh nan atharrachaidhean a tha a dhìth san àm ri teachd air mar a tha seirbheisean air an libhrigeadh agus mar sin gus lèirsinn àrd-amasach a thoirt seachad airson an àm ri teachd.
  - 7** Mar sin tha sinn a' cur ìmpidh air a' Chomhairle plana gnìomh a chruthachadh agus fhoillseachadh le prìomhachasan agus clàr-ama gus an urrainn dhi adhartas a dhèanamh mu choinneamh nan raointean a chaidh a chomharrachadh san aithisg againn.
  - 8** Gus am bi sinn cinnteach gu bheil leasachadh ga libhrigeadh, tha sinn ag iarraidh air an Rianadair Sgrùdaidh a bhith ag aithris dhuinn aig ìre thràth a rèir na dòigh-obrach ùire againn a thaobh aithris air Feabhas Luach.
-

# Modh-obrach sgrùdaidh



**1.** Chaidh an dleastanas reachdail airson Feabhas Luach a thoirt a-steach fo Achd Riaghaltas Ionadail na h-Alba 2003. Tha an sgrùdadh air Feabhas Luach mar phròiseas leantainneach a tha na phàirt den sgrùdadh bhliadhnail de gach comhairle. Thathar ag aithris nan toraidhean gach bliadhna tro Aithisg an Sgrùdaidh Bhliadhnail. A bharrachd air sin, bidh an Rianadair Sgrùdaidh a' cur Aithisg Barantais air Feabhas Luach do Choimisean nan Cunntasan co-dhiù uair rè an agallaimh sgrùdaidh airson gach comhairle. 'S e seo a' chiad aithisg barantais air Comhairle nan Eilean Siar (ris an canar Western Isles Council ann am Beurla), air am bithear a' dèanamh iomradh mar "a' Chomhairle" san aithisg seo. Gheibhear gearr-chunntas air na breithneanasan bhon aithisg Feabhas Luach as ùire air a' Chomhairle ann am [Pàirt 5](#) agus [Eàrr-ràdh](#) a' sealltainn na loidhne-ama airson an sgrùdaidh air Feabhas Luach.

**2.** Tha an aithisg seo ag amas air barantas a thoirt don Chomisean a thaobh dleastanas reachdail na Comhairle a bhith a' libhrigeadh Feabhas Luach, le fòcas sònraichte air prìomhachasan ro-innleachdail a' Chomisein airson sgrùdadh. Tha sinn ag iarraidh air comhairlean Feabhas Luach a nochdadh le bhith a' sealltainn piseach leantainneach san dòigh sam bi iad a' libhrigeadh sheirbheisean. Tha luaths agus doimhneachd a' phisich seo cudromach airson tuigsinn dè cho math 's a bhios comhairlean a' coileanadh am prìomhachasan san àm ri teachd.

**3.** Tha an sgrùdadh againn co-rèireach, stèidhichte air cunnart agus a' nochdadh co-theacsa agus coileanadh gach comhairle. Tha e cuideachd a' tarraing air an fhaisneis bho obair sgrùdaidh is mion-sgrùdaidh a rinneadh sna bliadhnaichean roimhe. Rinn sinn beagan obrach an toiseach gus farsaingeachd an sgrùdaidh againn a stèidheachadh. Bha seo a' gabhail a-steach lèirmheas air aithisgean sgrùdaidh is rannsachaidh a rinneadh roimhe, lèirmheas air prìomh sgrìobhainnean na comhairle, coinneamhan tòiseachail le àrd-oifigearan agus cnuasachadh air ar n-eòlas agus fèin-fhiosrachadh air an raon phoblach san fharsaingeachd. Chithear prìomh raointean fòcais airson an sgrùdaidh againn ann am [Ball-taisbeanadh 1](#).

**4.** Chaidh obair a' mhion-sgrùdaidh airson na h-aithisge seo a ghabhail os làimh bhon Mhàrt chun a' Chèitein 2022. Bha obair an sgrùdaidh againn a' gabhail a-steach:

- agallamhan agus buidhnean-breithneachaidh le buill thaghte agus àrd-oifigearan
- buidhnean-breithneachaidh, a' gabhail a-steach com-pàirtichean planadh coimhearsnachd, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-cosnaidh
- a' dèanamh beachd-shùil air raon de choinneamhan na comhairle agus de choinneamhan comataidh
- lèirmheas sgrìobhainnean.

## Ball-taisbeanadh 1

### Prìomh raointean fòcais airson an sgrùdadh againn



Ceannardas, lèirsinn agus prìomhachasasan na Comhairle



Coileanadh sheirbheisean agus a' faighinn bhuilean nas fheàrr

A' toirt taic do eaconamaidh nan eilean, a' gabhail a-steach:



- Aonta Fàs nan Eilean
- didseatachadh sheirbheisean, leithid barrachd sheirbheisean gan toirt seachad air-loidhne
- atharrachadh na gnàth-shìde agus lùths ath-nuadhachail.

Riaghlachas agus sgrùdadh, a' gabhail a-steach:



- follaiseachd ann an co-dhùnidhean agus obair a' leantainn às dèidh eacarsaich solarachaidh Caisteal Leòdhais
- cothromachd agus co-ionannachdan
- freagairt ris a' ghalar mhòr-sgaoilte Covid-19.



Rianachd ionmhasail agus dealbhadh ionmhasail

Dùbhlain dì-dhaoineachaidh, a' gabhail a-steach:



- planadh feachd-obrach
- sgeama na preantasachd.

A' com-pàirteachadh choimhearsnachdan, a' gabhail a-steach:



- a' com-pàirteachadh choimhearsnachdan ann an ath-dhealbhadh sheirbheisean agus ann an co-dhùnidhean air maoineachadh ionadail
- Achd cumhachdachadh choimhearsnachdan agus maoinean gan cleachdadh a chum leas na coimhearsnachd.

Pliseach leantainneach ann an seirbheisean agus luaths atharrachaidh na Comhairle, a' gabhail a-steach:



- pròiseas agus toraidhean airson fèin-mheasadh
- adhartas mu choinneimh bhreitheanasan ann an aithisgean Feabhas Luach a rinneadh roimhe.

Tùs: Sgrùdadh Alba


**5.** Bidh luchd-sgrùdaidh suidhichte na Comhairle, Sgrùdadh Alba, a' cumail orra Feabhas Luach a sgrùdadh aig a' Chomhairle. Bidh seo a' gabhail a-steach obair iar-sgrùdaidh air na molaidhean san aithisg seo agus barrachd obair sgrùdaidh mhionaidich air feartan eile de Fheabhas Luach mar a tha iomchaidh.

### Aithneachadh

**6.** Tha sinn gu taingeil ag aithneachadh a' cho-obrachaidh agus cobhair a thugadh don sgioba sgrùdaidh leis na buill thaghte uile agus le luchd-ùidhe eile rè an sgrùdaidh.



# Prìomh theachdaireachdan




- 1** Chan eil Comhairle nan Eilean Siar air dhearbhadh fhathast gu bheil iad a’ coileanadh an dleastanais Feabhas Luach aca ann an grunn raointean cudromach. Tha iad air iomairtean soirbheachail a chur an gnìomh agus tha iad a’ nochdadh deagh chleachdadh ann an com-pàirteachadh coimhearsnachd agus toirt taic don eaconamaidh ionadail, ach tha luaths atharrachaidh agus pisich aig sgèile nas fharsainge air a bhith slaodach. Chan eil cinnt ann an-dràsta gum bi a’ Chomhairle a’ coileanadh nan leasachaidhean a tha a dhìth, agus bheirear buaidh air seo leis a’ chomas aca a bhith a’ cumail rian air na h-ionmhasan, feachd-obrach agus comas ceannardais aca.
- 2** Tha buill thaghte agus an sgioba stiùiridh chorporra ag obair gu math còmhla, ach feumaidh iad stiùireadh is ceannardas ro-innleachdail a thoirt seachad ann an dòigh nas treasa. Ann a bhith a’ dèanamh sin, bu chòir dhaibh prìomhachasan soilleir a chomharrachadh agus gnìomhan a dhealbhadh gus an t-atharrachadh is piseach a tha a dhìth a choileanadh. Tha dreuchd stiùiridh chudromach aig a’ chom-pàirteachas planadh coimhearsnachd, agus feumaidh sin an ro-innleachd is fòcas iomlan aige ath-nuadhachadh.
- 3** Chan eil aig a’ Chomhairle ro-innleachd ionmhasail èifeachdach, airson na meadhan-ùine no fad-ùine, a bhios a’ ceangal ri cruth-atharrachadh, feachd-obrach agus planadh mhaoinean. Chan eil iad ach air cuid de na sàbhalaidhean àrd-amasach, a bhathar an dùil bho ath-dhealbhadh sheirbheisean, a thoirt gu buil. Tha a’ Chomhairle air an lùghdachadh as motha ann am maoinachadh, ann an cumhaichean da-rìribh, fhulang an coimeas ri ùghdarras ionadail sam bith eile ann an Alba sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh. Às eugmhais ro-innleachd ionmhasail mhionaideach, chan eil a’ Chomhairle fhathast comasach air dearbhadh gum bi comas aca air na dùbhlain ionmhais mhòra, a tha mun coinneimh thairis air a’ mheadhan-ùine is fad-ùine, a choileanadh.
- 4** Tha a’ Chomhairle mar ghuth làidir airson nan Innse Gall, agus tha iad a’ co-obrachadh gu math le luchd-pàirt, buidhnean nàiseanta agus comhairlean dùthchail is eileanach eile. Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean a’ cur air dòigh teamlaid airson fàs so-sheasmhach, a’ togail air comas lùths nan eilean a tha gun leithid.

- 5** Tha dì-dhaoineachadh agus duilgheadasan trusadh luchd-obrach mar dhùbhlain èiginneach airson seirbheisean a ghlèidheadh air na h-eileanan. Bu chòir don Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil an comas ceannardais aca agus na planaichean àrd-amasach aca airson an eaconamaidh agus ath-dhaoineachadh a choileanadh. Tha iad an-dràsta ag ath-ùrachadh nam planaichean feachd-obrach agus leasachaidh buidhne aca.
  - 6** Tha coileanadh sheirbheisean agus riarachas a’ phobaill le seirbheisean air a dhol sìos thar cheann sna còig bliadhna a dh’fhalbh. Tha dùbhlain mhòra ann an cùram sòisealta agus dèiligeadh ri bochdainn chonnaidh. Tha coileanadh na Comhairle math ann an seirbheisean foghlaim agus toirt taic don eaconmaidh ionadail, agus tha prògram preantasachd soirbheachail aca. Còmhla ris an luchd-pàirt aca, fhreagair a’ Chomhairle gu math ris a’ ghalar mhòr-sgaoilte Covid-19.
  - 7** Feumaidh buill thaghte agus oifigearan barrachd fòcas a chur air rianachd coileanaidh targaidichte, piseach agus fèin-mheasadh. Feumaidh aithriseadh poblach air coileanadh a bhith nas so-ruigsinniche, agus feumaidh sin gabhail a-steach adhartas air piseach air builean airson muinntir nan eilean.
  - 8** Tha seirbheisean cùraim shòisealta a’ cur aghaidh air dùbhlain shònraichte a thaobh fastadh agus eallach obrach. Ri linn chùisean maoinachaidh agus goireasachaidh, tha mì-chinnt ann a thaobh mar a thèid an goireas suaicheanta airson slàinte is cùram sòisealta a libhrigeadh leis a’ Chomhairle agus Co-bhòrd an Amalachaidh (IJB).
  - 9** Tha buill thaghte a’ tuigsinn chùisean coimhearsnachd. Tha planaichean ionadail aig a’ Chom-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd airson sgìrean aig a bheil feum mar phrìomhachas. Tha a’ Chomhairle a’ dèanamh deagh adhartas air cuid den Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan, agus tha iad a’ toirt taic do choimhearsnachdan gus co-dhùnaidhean caiteachais a dhèanamh gu h-ionadail air cleachdadh maoinachadh Oighreachd a’ Chrùin.
-

# Pàirt 1

## A bheil stiùireadh ro-innleachdail soilleir aig a' Chomhairle?



Tha a' Chomhairle mar ghuth làidir airson nan eilean. Tha iad a' cur an cèill lèirsinn fharsaing airson na sgìre stèidhichte air deagh thuigse air feumalachdan ionadail. Feumaidh iad prìomhachasan nas soilleire a chur air bhonn agus fòcas a chur air cùisean ro-innleachdail. Fhreagair a' Chomhairle gu math ri Covid-19.

### An co-theacs ionadail

**7.** Tha Innse-Gall (ris an canar gu tric na h-Eileanan Siar, no the Western Isles sa Bheurla) nan sreath de dh'éileanan gu taobh an iar-thuath air tìr-mòr na h-Alba. Tha 11 eilean ann air a bheil daoine a' fuireach agus barrachd air ceud eilean ainmichte, a' còmhachadh 3,071 cilemeatair ceàrnagach agus a' leudachadh gu 209 cilemeatairean a dh'fhaid.

**8.** Tha mu 26,500 duine san sgìre, agus mar sin 's e a' Chomhairle an treas ùghdarras ionadail as lugha a thaobh àireamh-shluaigh ('s iad Comhairle Arcaibh agus Comhairle Shealtainn an fheadhainn as lugha). 'S iad na prìomh eileanan air a bheil daoine a' fuireach Leòdhas, Na Hearadh, Beinn na Faoghla, Uibhist a Tuath, Uibhist a Deas agus Barraigh. Tha mu 30 sa cheud den àireamh-shluaigh (7,280) a' fuireach sa phrìomh bhaile Steòrnabhagh ann an Eilean Leòdhais. Tha an co-rèir de luchd-bruidhinn na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar (barrachd is 50 sa cheud) nas àirde na ann an sgìre-comhairle sam bith eile ann an Alba.

**9.** An coimeas ri sgìrean eile na h-Alba, tha co-rèir nas àirde de dhaoine sna h-Eileanan Siar ag obair ann an rianachd phoblach, turasachd, àiteachas, coilltearachd is iasgach, agus slàinte is obair shòisealta. 'S e a' Chomhairle am fastaiche as motha ann an Innse-Gall, le barrachd is 2,000 neach-cosnaidh (1,575 co-ionann ri làn-ùine). Tha ìre a' chosnaidh ann an h-Innse-Gall (81.5 sa cheud) nas àirde na an cuibheas nàiseanta (72.9 sa cheud), ach tha an tuarastal cuibheasach nas ìsle.

**10.** Tha Innse-Gall ainmeil airson am bòidhchead nàdarra agus an leas cultarach aca, agus tha 10 gu 15 sa cheud de ghniomachd eaconamach ceangailte ri turasachd. Mar is trice, bidh turasachd a' tàladh barrachd is 200,000 neach-tadhail chun nan eilean gach bliadhna agus a' toirt taic dhìreach do 1,000 obair cho-ionann ri làn-ùine. Gu tric, bidh muinntir nan eilean a' ruith meanbh-ghnothachasan turasachd gus teachd-a-steach bho obair eile, leithid croitearachd, a leasachadh.

**11.** 'S e crìonadh na h-àireimh-shluaigh a' chùis as cudromaiche a tha mu choinneimh nan eilean agus bidh seo a' toirt dùbhlain do sheasmhachd sheirbheisean leithid seirbheisean cùraim shòisealta agus slàinte. Thathar a' ro-mheasadh gun tuit an àireamh-shluaigh le 9.4 sa cheud eadar 2018 agus 2033 (an crìonadh as motha airson ùghdarras ionadail sam bith ann an Alba), fhad 's a thathar a' ro-mheasadh gum bi àireamh-shluaigh na h-Alba a' dol am meud 2.3 sa cheud. Rè na h-ùine seo, thathar a' ro-mheasadh gum bi an àireamh-shluaigh de dhaoine air na h-eileanan a tha nas sine na 75 bliadhna a dh'aois a' dol am meud le barrachd is 30 sa cheud, fhad 's a bhios an àireamh-shluaigh dhiubhsan a tha ag obair a' crìonadh 13 sa cheud agus an àireamh de chlann a' crìonadh le cha mhòr 20 sa cheud. San fharsaingeachd, tha dùil-bheatha fhallain nas àirde ann na gheibhear sa chòrr de dh'Alba airson an dà chuid boireannaich agus fireannaich, ach tha ìrean àrda ann de ro-reamhrachd agus de leigeil a-steach do dh'ospadal air sàilleibh deoch làidir.

**12.** Chan eil sgìre sam bith ann anns na h-Eileanan Siar ainmichte am measg an 20 sa cheud de sgìrean as easbhaidhich ann an Alba, a rèir clàr Albannach an ioma-airceis (an SIMD). Tha ceàrnaidhean beaga, iomallaichte de bhochdainn ann, ge-tà, air feadh nan eilean. Tha a' chuid as motha de sgìrean sna h-eileanan (80 sa cheud) a' tuiteam taobh a-staigh an 20 sa cheud de sgìrean as easbhaidhich a thaobh cothruim ann an Alba, a' ciallachadh gu bheil e a' toirt nas fhaide gus cothrom fhaighinn air seirbheisean le càr no còmhdhail phoblach. Dh'àrdaich an ìre de bhochdainn chloinne sna h-Eileanan Siar bho 12 sa cheud ann an 2015 gu 15 sa cheud ann an 2019/20, a tha nas ìsle na am figear de 18.8 sa cheud airson na h-Alba.

### **Tha a' Chomhairle air lèirsinn fharsaing a chur an cèill airson na sgìre, ach chan eil iad air prìomhachasan ro-innleachdail soilleir a chomharrachadh gus fòcas a chur air gnìomhan**

**13.** Tha prìomh sgrìobhainnean ro-innleachdail na Comhairle a' cur an cèill amasan farsaing is co-chòrdail gus taic a thoirt don eaconamaidh agus do chàileachd-beatha muinntir nan Eilean Siar ([Ball-taisbeanadh 2](#)). Tha am plana leasachaidh bhuilean ionadail (LOIP) a' cur an cèill na lèirsinn airson na Comhairle agus na com-pàirtichean planadh coimhearsnachd aca. Tha amasan coitcheann aig an ro-innleachd chorporra agus aig an LOIP.

**14.** Tha ro-innleachd chorporra na Comhairle a' cur an cèill stiùireadh ro-innleachdail na Comhairle. Tha i a' gabhail a-steach 20 buil ro-innleachdail a tha ceangailte ri ceithir prìomhachasan farsaing iomlan ([Ball-taisbeanadh 3](#)).

**15.** Tha an ro-innleachd chorporra a' liostadh 24 ro-innleachdan taiceil, a' gabhail a-steach an ro-innleachd taigheadais ionadail, an ro-innleachd còmhdhail ionadail agus am poileasaidh co-cheangal agus compàirteachadh coimhearsnachd. Chan eil an ro-innleachd chorporra a' dèanamh iomradh air ro-innleachdan cudromach eile, leithid am plana airson sheirbheisean cloinne amalaichte agus an ro-innleachd an aghaidh bochdainn. Bu chòir don Chomhairle sealltainn nas soilleire mar a tha na prìomh ro-innleachdan aca a' toirt taic do na prìomhachasan aca.

**16.** Tràth ann an 2022, chruthaich a' Chomhairle plana obrachaidh gus na ceanglaichean a neartachadh eadar an ro-innleachd chorporra, am plana leasachaidh bhuilean ionadail (LOIP) agus planaichean gnothachais nan seirbheisean. Tha am plana obrachaidh a' cur an cèill gnìomhan taiceil agus ceuman gus sùil a chumail air adhartas san àm ri teachd.

## Ball-taisbeanadh 2

Foir-shealladh air prìomh phlanaichean ro-innleachdail na Comhairle



Ùine

### Plana Leasachaidh Bhuilean Ionadail (an LOIP) aig Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall

2017–27

Ag amas air builean a leasachadh a thaobh ath-dhaoineachadh, fàs eaconamach agus càileachd na beatha. Air a neartachadh le dà phlana ionadais.

### Ro-innleachd Chorporra

2022–27

A' cur an cèill stiùireadh ro-innleachdail na Comhairle. A' cur an cèill amasan ro-innleachdail a tha co-chòrdail ris an LOIP, le taic bho chomharran coileanadh ioma-chuimseach.

### Ro-innleachd Buadhachadh agus Ath-nuadhachadh

2020–22

Ag ath-ùrachadh stiùireadh corporra na Comhairle sa cho-theacs de dh'ath-shlànachadh bhon ghalar mhòr-sgaoilte. A' cur an cèill amasan farsaing gus taic a thoirt do choimhearsnachdan, don eaconamaidh agus do lùths ath-nuadhachail.

### Aonta Fàs nan Eilean

2022–37

Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean airson nan Eilean Siar, Arcaibh agus Sealtainn (am Màrt 2021) a' cur an cèill co-ghealltanasan airson ath-shlànachadh eaconamach agus fàs ann an turasachd, sgilean agus lùths ath-nuadhachail.

Tùs: Sgrùdadh Alba

**17.** Chan eil an ro-innleachd corporra a' gabhail a-steach gnìomhan gus na builean ro-innleachdail aice a choileanadh. Tha i a' toirt fa-near gum bi iad seo ag atharrachadh thairis air ùine agus gun tèid an leasachadh tro phlanaichean gnothachais nan seirbheisean agus tron phlana obrachaidh. Ach tha i a' gabhail a-steach còrr is 200 comharra coileanadh gus sùil a chumail air adhartas a dh'ionnsaigh nam builean ro-innleachdail.





**18.** Chan eil an ro-innleachd corporra a' comharrachadh nam prìomh phrìomhachasan aice am measg an raoin fharsaing de bhuilean ro-innleachdail. Bu chòir don Chomhairle cur an cèill prìomhachasan soilleir, sònraichte a chomharraicheas dè dìreach a dh'fheumas iad a dhèanamh gus an lèirsinn aca a choileanadh. Bhiodh seo a' toirt taic do bhuill thaghte agus don sgioba stiùiridh corporra ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' coileanadh na lèirsinne. A bharrachd air sin, bhiodh e a' cuideachadh gus conaltradh a dhèanamh ri luchd-obrach agus luchd-ùidhe gu bheil argamaid glè làidir ann airson gnìomhan fòcasach air prìomh chùisean.

## Ball-taisbeanadh 3

### Ro-innleachd chorporra

Tha an ro-innleachd chorporra a' gabhail a-steach 20 buil ro-innleachdail a tha ceangailte ri ceithir prìomhachasan farsaing iomlan.

#### Prìomhachasan ro-innleachdail

A' neartachadh na h-eaconomaidh ionadail	A' cumail taic ri clann, teaghlaidhean agus òigridh	A' cumail taic ri coimhearsnachdan ath-leumach agus càileachd beatha	A bhith nar comhairle sheasmhach agus in-ghabhaltach
			

#### Builean ro-innleachdail

<ul style="list-style-type: none"> <li>• Libhrig na pròiseactan Aonta nan Eilean againn</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ìrean coileanaidh a' sìor-fhàs</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thathar a' cumail taic ri agus a' brosnachadh na Gàidhlig, dualchas nàdair agus cultar nan coimhearsnachdan againn</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha cumhachd aig coimhearsnachdan agus tha iad fhathast aig cridhe cho-dhùnaidhean</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha tasgadh ann an seirbheisean a' libhrigeadh deagh bhuilean do choimhearsnachdan</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha eadar-theachd tràth an gnìomh gus a' chlann as so-lèonte againn a chumail sàbhailte</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gheibh daoine an cùram agus an taic a tha a dhìth orra gus beathannan fallain agus neo-eisimeileach a bhith aca</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lùghdachadh air an lorg carboin againn agus a' cruthachadh mapa-slighe gu cothromachadh carboin do na h-eileanan</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tasgadh sna toglaichean agus bun-structar againn</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha sgoiltean nan àiteachan airson foghlam fad-beatha agus tha iad nam prìomh shomhaoinean dhan choimhearsnachd</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha planadh agus bun-structar a rèir feumalachdan nan coimhearsnachdan againn</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thathar a' cur ri co-ionannachd chothroman</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ìre nas àirde de sgilean air feadh nan coimhearsnachdan agus san fheachd-obrach againn</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha sinn fallain agus gnìomhach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha na coimhearsnachdan againn sàbhailte, in-ghabhalach agus tapaidh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha seirbheisean èifeachdach is seasmhach air an libhrigeadh dhan choimhearsnachd</li> </ul>
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha fàs ri fhaicinn ann an gnìomhachasan beaga agus meadhanach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha goireasan cùram-chloinne ann a tha a rèir feumalachdan pàrantan a tha ag obair</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lùghdaich neo-ionannachd agus bochdainn agus cuir ri gluasadachd-shòisealta</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha a' chomhairle ga riaghladh gu h-èifeachdach</li> </ul>

## Tha a' Chomhairle mar ghuth làidir airson Innse Gall, agus tha iad a' co-obrachadh gu math le comhairlean eileanach eile

**19.** Bidh buill thaghte agus oifigearan a' coiteachadh aig an ìre roinneil, aig an ìre Albannaich agus aig ìre na Rìoghachd Aonaichte air cùisean cudromach airson nan eilean. Tha iad seo a' gabhail a-steach lùths ath-nuadhachail, còmhhdhail agus comas-ceangail didseatach, maoinachadh bho Oighreachd a' Chrùin agus poileasaidhean maoinachaidh ùra a tha a' tòiseachadh an dèidh don Rìoghachd Aonaichte an t-Aonadh Eòrpach fhàgail.

**20.** Bidh a' Chomhairle ag obair leis na comhairlean eileanach agus dùthchail eile. Tha seo a' gabhail a-steach obair air builean foghlaim a leasachadh tro Chaidreachas a Chinn a Tuath - com-pàirteachas de dh'ùghdarrasan ionadail. Ag obair còmhla, leasaich na trì comhairlean eileanach Cùmhnant Fàs nan Eilean, a dh'fhaodadh in-thasgadh luach £335 millean a thoirt gu ùghdarrasan ionadail nan eilean agus suas ri 1,300 obair ùr a chruthachadh.

**21.** Tha luchd-pàirt na Comhairle a' cur luach air Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall (OHCPP) mar fhòram feumail airson còmhradh agus lìonrachadh. Tha a' Chomhairle agus am prìomh luchd-pàirt aca ag aithneachadh nan cùisean farsaing a tha mun coinneimh, agus tha iad den bheachd gur e aithris fheumail air comhair cho-phàirtichte a tha sa phlana leasachaidh bhuilean ionadail (an LOIP).

## Fhreagair a' Chomhairle gu math ri Covid-19

**22.** Chleachd a' Chomhairle deagh cheanglaichean leis an luchd-pàirt aca gus seirbheisean a chumail a' dol gu luath agus daoine so-leònte a dhìon aig toiseach a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19 ([Rannsachadh cùise 1](#)).

## Tha buill thaghte ag obair gu math còmhla, ach feumaidh iad fòcas nas làidire a chur air cùisean ro-innleachdail

**23.** Thachair na taghaidhean riaghaltais ionadail an dèidh dhuinn ar n-obair sgrùdaidh air an fhàrdach, mar gum b' ann, a choileanadh. Leig an ceannard a bh' ann dheth a dhreuchd agus chaidh deich buill ùra a thaghadh. Tha 29 buill aig a' Chomhairle: tha a' chuid as motha dhiubh nan Neo-eisimeilich (22); tha sia seataichean aig an SNP; agus tha aon aig Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba.

**24.** Gu traidiseanta, tha a' Chomhairle air obrachadh gun rianachd fhoirmeil no buidheann dùbhlanaich foirmeil. Bidh buill thaghte ag obair gu math còmhla agus bidh iad a' tighinn gu co-aonta air iomadh co-dhùnadh. Tha tuigse mhionaideach aig buill air cùisean ionadail.

**25.** Tha a' Chomhairle ag obrachadh siostam traidiseanta airson nan comataidhean, a tha stèidhichte air seirbheisean. 'S iad na prìomh chomataidhean: Comataidh na Làn-chomhairle, Comataidh Poileasaidh agus Stòras, Comataidh Sgrùdaidh agus trì comataidhean seirbheis.

**26.** Bidh buill gu gnìomhach a' sgrùdachadh nam pàipearan a gheibh iad, a bharrachd air cunntas as ùr sam bith. Tha mòran den aithriseadh do chomataidh air seirbheisean agus cùisean obrachaidh. Bidh Comataidh Poileasaidh agus

## Rannsachadh cùise 1



### Fhreagair a' Chomhairle agus an luchd-pàirt aca gu math ris a' ghalar mhòr-sgaoilte Covid-19

Fhreagair a' Chomhairle agus an luchd-pàirt aca gu luath ris a' ghalar mhòr-sgaoilte. Chuir iad teicneòlas didseatach gu deagh bhuil airson gnòthachas na comhairle a chumail a' dol, obair bhon taigh agus cothrom air foghlam. Tha eisimpleirean de na gnìomhan a rinneadh a' gabhail a-steach:

- a' cur air bhonn sgioba ath-leumachd sa Chomhairle gus co-dhùnaidhean a dhèanamh gu luath, a' gabhail a-steach cur an gnìomh ag obair bhon taigh airson an luchd-obrach aca
- a' cur air bhog freagairt coimhearsnachd le loidhne-taice, air obrachadh le saor-thoilich, a thàlaidh còrr is 130 buidhnean ionadail agus saor-thoilich
- a' glèidheadh làn chomas-obrachaidh an luchd-obrach a bha a' dèiligeadh ri sochairean, a' lùghdachadh ùineachan giollachd airson tagraidhean fhad 's a bhathar a' cumail ìrean pongalachd, agus a' dèanamh phàighidhean èiginneach air biadh-sgoile an-asgaidh
- a' leudachadh a' chothruim a bha sgoilearan a' faighinn air ionnsachadh air-loidhne agus a' cleachdadh an uidheim e-Sgoil aca gus leasain bheò, eadar-ghnìomhach a libhrigeadh mar phàirt de thairgse ionnsachadh-d na h-Alba
- a' riarachadh tabhartasan taic gnòthachais agus a' toirt seachad maoinachadh a bharrachd gus taic a thoirt do ghnothachasan so-leònte
- ag obrachadh sia ionadan làithean-saora rè an t-samhraidh, san robh luchd-obrach leasachadh is ionnsachadh coimhearsnachd a' stiùireadh ghnìomhachdan airson clann phrìomh-luchd-obrach agus sgoilearan so-leònte.

### Cèilidhean Covid

Bhrosnaich a' Chomhairle cèilidhean air-loidhne ('s e cruinneachadh traidiseanta Albannach a tha ann an cèilidh, gu tric le ceòl Gàidhealach) gus daoine fa leth agus coimhearsnachdan a cheangal ri chèile rè bacaidhean a' ghlaisaidh-shluaigh, a' gabhail a-steach seann daoine nan eilean agus buidhnean do-ruigsinn.

Uile gu lèir, thachair 63 cèilidhean beò air duilleag Facebook na Comhairle thairis air 2020/21. Bha iad air an coimhead le còrr is 1.6 millean duine bho 22 dhùthaich.

Thug na tachartasan air-loidhne seo cothrom air leth gus teachdaireachdan na Comhairle a chur air adhart agus comhairle chudromach air slàinte is sàbhailteachd a thoirt seachad do raon farsaing de luchd-èisteachd.

Tùs: Sgrùdadh Alba agus Comhairle nan Eilean Siar

Stòras a' toirt sùil air cùisean bho air feadh na Comhairle, leithid solarachadh agus goireasan daonna, ach tha sgrùdachadh air cùisean nas ro-innleachdail gu math cuibhrichte fiù 's leis a' chomataidh seo.

**27.** Bu chòir don Chomhairle amas air buill a ghabhail a-steach barrachd ann an co-dhùnaidhean ro-innleachdail. 'S iomadh pàipear a tha a' moladh poileasaidh no co-dhùnaidhean a chuirear gu buill airson aonta. Bu chòir smaointinn air pàipearan roghainn a chleachdadh barrachd, gus leigeil le buill co-dhùnaidhean gnìomhach a dhèanamh. Mar a dh'ainmicheadh roimhe, nan robh fòcas nas làidire air prìomhachasan air feadh na Comhairle, bhiodh sin a' brosnachadh sgrùdachadh ro-innleachdail nas làidire agus ceannardas bho bhuill thaghte.



**28.** Tha a' Chomhairle air ceuman a thoirt a-steach gus leigeil le buill a bhith ag obair nas dlùithe le oifigearan taobh a-muigh nan comataidhean. 'S e deagh chleachdadh a tha seo, agus bidh e a' leigeil le buill cùisean a rannsachadh agus a dheasbad mus tèid poileasaidh a leasachadh gu foirmeil. Labhair buill thaghte gu taiceil mu dhreuchd nan fòraman seo, a tha a' gabhail a-steach:

- Buidhnean-obrach de bhuill is oifigearan far am faod buill beachdachadh air cùisean poileasaidh agus obair nas dlùithe le oifigearan. Faodaidh na buidhnean-obrach seo gabhail a-steach luchd-ùidhe bhon taobh a-muigh, mar eisimpleir riochdairean iasgaich agus croitearachd.
- Bidh buidheann nan cathraichean a' toirt seachad fòram far am faod na cathraichean agus an ceannard poileasaidh corporra a dheasbad agus bidh e ag obair mar chlàr-èisteachd airson chùisean poileasaidh.
- 'S e Bòrd a' Bhuidseit buidheann nach bi a' dèanamh cho-dhùnaidhean, agus tha gach uàrd is buidheann phoilitigeach chlàraichte air a riochdachadh air. Bidh e a' beachdachadh air a' bhuidseit gu mionaideach agus mar a thathar ga chosg air feadh na bliadhna. Faodaidh e coinneamhan le riochdairean coimhearsnachd ionadail a chur air bhonn gus cùisean buidseit agus roghainnean airson shàbhalaichean a dheasbad.
- Bidh seiminearan bhall a' leigeil le cùisean a bhith air an deasbad ann an doimhneachd. Tha iad air an deagh fhrithealadh agus bidh iad a' dèiligeadh ri cuspairean leithid Cùmhnant Fàs nan Eilean agus an t-Seirbheis Cùraim Nàiseanta.

## Feumaidh buill thaghte barrachd trèanadh leantainneach agus leasachadh fhaighinn

**29.** Bidh buill a' faighinn trèanadh inntrigidh ioma-chuimseach agus trèanadh a bharrachd gus taic a thoirt dhaibh nan dreuchdan reachdail air comataidhean dealbhadh is ceadachd. Labhair buill gu deimhinneach mun taic a bhios iad a' faighinn bho oifigearan.

**30.** Bu chòir gu bheil aireachas nas treasa aig a' Chomhairle air leasachadh bhall taghte. Thathar a' toirt seachad trèanadh air cùisean cudromach, leithid ro-innleachd buidseit agus Cùmhnant Fàs nan Eilean, ach chan eil prògram foirmeil de thrèanadh leantainneach ann. Tha an ìre-chleachdaidh de thrèanadh bhall caran measgaichte, agus bhiodh iad a' cur fàilte air barrachd trèanadh a bha structaraichte agus leantainneach. Bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach trèanadh air dreuchdan reachdail agus air cuspairean nas fharsainghe, leithid sgrùdachadh ionmhasail, dòigh-ghiùlain bhall, dàimhean obrach agus cleachdadh nam meadhanan sòisealta.

**31.** Sheall suirbhidh air sunnd nan àrd-oifigearan sa Chomhairle gum b' e an giùlan agus dol a-mach aig feadhainn am measg nam ball taghte aon de na cuspairean as cudromaiche dhaibh. Tha an ceannard air obair còmhla ri buill thaghte gus dèiligeadh ri iomagainean a thaobh mar a bhios grunn bhall air eadar-obrachadh le oifigearan.

# Pàirt 2

## Dè cho math 's a tha a' chomhairle a' coileanadh?



Feumaidh a' Chomhairle am fòcas aca air piseach a neartachadh agus aithriseadh nas soilleire a thoirt seachad air na prìomhachasan iomlan aca. Tha coileanadh sheirbheisean air a dhol sìos thar cheann, agus tha dùbhlain mhòra ann an cùram sòisealta agus ann an dèiligeadh ri bochdainn chonnaidh. Tha a' Chomhairle a' coileanadh gu math ann am mòran sheirbheisean foghlaim, agus tha iad a' toirt taic don eaconamaidh ionadail. Tha prògram preantasachd soirbheachail aca.

### Feumaidh a' Chomhairle piseach a chur air an aithriseadh poblach air coileanadh, a' gabhail a-steach air an adhartas aca air prìomhachasan iomlan

**32.** Tha làrach-lìn na Comhairle a' toirt cothrom air raon ioma-chuimseach de dh'aithrisean air coileanadh sheirbheisean, aithisgean bliadhna, aithisgean luchd-sgrùdaidh agus ro-innleachdan taiceil. Chan eil i, ge-tà, a' toirt foir-shealladh so-ruigsinneach don phoball air adhartas air prìomh raointean. Bidh cuid de chomhairlean a' taisbeanadh fiosrachadh coileanaidh ann an cruth 'deas-bhòrd' air an làrach-lìn aca, nì a bhios ga dhèanamh nas fhasa do luchd-amhairc barail a thogail air coileanadh thar cheann.

**33.** Chan eil a' Chomhairle agus an luchd-pàirt aca ann an Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall (OHCPP) air aithisg fhoillseachadh fhathast air adhartas air a' phlana leasachaidh bhuilean ionadail (an LOIP) o chionn 2019/20. Bidh a' Chomhairle ag aithris air a' choileanadh agus adhartas aca fhèin a thaobh bhuilean tro na h-aithisgean dèanadas poblach a thathar a' foillseachadh gach bliadhna. Tha na h-aithisgean seo so-ruigsinneach agus fiosrachail. Bidh iad a' toirt bàrr-phuingean bho ghnìomhachdan na Comhairle agus bidh iad a' gabhail a-steach raointean far a bheil fo-choileanadh ann, ach cha bhi iad a' dèiligeadh ri coileanadh gu siostamach thairis air a h-uile prìomhachas ro-innleachdail.

### Tha leasachaidhean a dhìth ann an rianachd coileanaidh

**34.** Tha dàta air coileanadh, a' gabhail a-steach Frèam-obrach Shlatan-tomhais airson Riaghaltas Ionadail (an LGBF), gan aithris don Chomhairle tron Chomataidh Poileasaidh agus Stòras gach bliadhna. Bidh na h-aithrisean seo a' tarraing aire do raointean airson leasachadh, agus bidh gnìomhan airson dèiligeadh riutha seo gan gabhail a-steach sna cunntasan as ùra air plana gnothachais nan seirbheisean a thathar a' foillseachadh gach ràith. Tha a' Chomhairle air an coileanadh

cuibheasach nàiseanta a chur mar a' bhun-roghainn targaid airson mòran de na ceuman coileanadh aca. Bu chòir targaidean nas brìghmhoire a leasachadh gus am fòcas air piseach a neartachadh.

**35.** Bidh buill thaghte cuideachd a' faighinn aithisgean air coileanadh gach ràith aig comataidhean seirbheise. Bidh iad seo a' tarraing aire do adhartas iomlan, cùisean làithreach, coileanadh ionmhasail agus gearanan. Tha an dòigh-aithris aca feumail, ach tha na sgrìobhainnean-taice ro-mhionaideach agus cha toir iad tuigse shoilleir air an adhartas a rinneadh fa chomhair chùisean prìomhachais airson gach seirbheis no thairis air a' Chomhairle. Faodaidh buill eadra-lìon na Comhairle a chleachdadh cuideachd gus cothrom fhaighinn air an fhiosrachadh coileanadh seo taobh a-muigh cuairt aithrisidh nan comataidhean.


### Ged a tha coileanadh na Comhairle thar cheann air a dhol sìos, tha iad a' coileanadh gu math ann am foghlam agus ann an toirt taic don eaconamaidh

**36.** Tha am Frèam-obrach Shlatan-tomhais airson Riaghaltas Ionadail (an LGBF) a' leigeil le comhairlean coimeas a dhèanamh eadar iad fhèin agus an cuibheas Albannach. Tha am measadh a rinn sinn air na comharran coileanadh LGBF airson na Comhairle a' sealltainn gu bheil coileanadh sheirbheisean air a dhol sìos thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh, agus tha mu dhà thrìan de na comharran a-nis a' tuiteam san dà chairteal as ìsle thairis air 2019–21 an coimeas ri beagan is an dàrna leth dhiubh ann an 2016–18 ([Ball-taisbeanadh 4](#)).

## Ball-taisbeanadh 4

### Coileanadh na Comhairle an coimeas ri comhairlean eile, 2016/17 gu 2020/21

Tha coileanadh an coimeas ri coileanadh chomhairlean eile air a dhol sìos.



#### Nòtaichean:

1. Tha am mion-sgrùdadh stèidhichte air 29 comharran, gu ìre mhòr stèidhichte air builean, a chaidh aithris gach bliadhna fad còig bliadhna. Chan eil am mion-sgrùdadh a' gabhail a-steach riarachadh agus chan urrainnear a' mhòr-chuid de chomharran cosgais mar chosgais àrd no ìosal a dhearbhadh math no dona oir dh' fhaodadh iad sin a bhith fo bhuaidh prìomhachasan comhairle agus suidheachaidhean ionadail.
2. Tha an data LGBF airson 2020/21 a' sealltainn na buaidh aig a' chiad bhliadhna de Chovid-19 air seirbheisean riaghaltas ionadail. Thug seo buaidh air coileanadh na comhairle ann an 2020/21.
3. Air sgàth cùisean coimeasachd, chaidh comharran co-cheangailte ri coileanadh foghlaim a chumail a-mach às a' mhion-sgrùdadh seo.
4. Thug Covid-19 buaidh air cruinneachadh cuid de dhàta LGBF a chaidh a ghabhail a-steach sa mhion-sgrùdadh agus chaidh an dàta airson cuid de chomhairlean airson nan comharran sin a mhodailleadh.

Tùs: Sgrùdadh Alba; Frèam-obrach Shlatan-tomhais airson Riaghaltas Ionadail (an LGBF), Seirbheis an Leasachaidh, 2020/21

**37.** Tha a' Chomhairle air coileanadh gu math gus taic a thoirt don eaconamaidh ionadail:

- Tha iad a' toirt taic don cho-rèir as àirde de dhaoine gun chosnadh a dhol a-steach a dh'obair ann an Alba (aig 21 sa cheud, an coimeas ri cuibheas nàiseanta de sia sa cheud airson comhairlean na h-Alba). Tha am Prògram Stiùireadh Cosnadh, Iomairt agus Trèanadh (MEET) agus an t-seirbheis Bith-beò agus Ionnsachadh Neo-eisimeileach Innse Gall (HILLS) a' toirt taic do luchd-pàirteachaidh gus sgilean ùra ionnsachadh agus fèin-fhiosrachadh a chosnadh tro ghreisean-gnìomhachais. Thugadh taic do sheachd deug luchd-pàirteachaidh tron phrògram, agus den t-sianar luchd-pàirteachaidh a choilean am prògram ann an 2021, tha còignear air ghluasad air adhart gu cosnadh làn-ùine.
- Tha aig na h-Eileanan Siar an dàrna ìre as àirde de ghnòthachasan-tòiseachaidh a fhuair taic bho Bhealach Gnothachais (Business Gateway), aig 24.2 tùs-ghnòthachasan airson gach 10,000 san àireamh-shluaigh, an coimeas ri 11.2 airson Alba. Tron sgeama tabhartasan ath-shlànachadh eaconamach Covid-19, tha a' Chomhairle a' toirt taic do ghnòthachasan-tòiseachaidh agus gnothachasan a th' ann mar-thà, le tabhartasan luach £10,000 agus £20,000 fa leth.

**38.** Tha na raointean far am feum coileanadh na Comhairle fàs nas fheàrr a' gabhail a-steach:

- Tha ìrean de neo-làthaireachd air sàilleibh tinneas àrd an coimeas ri àiteachan eile, ach tha piseach air tighinn orra o chionn ghoirid. Tha ìrean de neo-làthaireachd airson luchd-obrach neo-theagaisg aig 10.9 làithean gach bliadhna (Alba 9.7 làithean), agus airson luchd-obrach teagaisg tha iad aig 5.1 làithean (Alba 4.2 làithean).
- Tha cosgaisean sheirbheisean-taice (seirbheisean nach eil air an loidhne-aghaidh, leithid dleastanasan deamocratach, goireasan daonna agus ionmhas) mar cho-rèir den bhuidseat iomlan buailteach ri bhith nas àirde airson nan comhairlean beaga. Tha a' Chomhairle air na cosgaisean sheirbheisean-taice aca a lùghdachadh bho 8.6 sa cheud den bhuidseat aca gu 5.6 sa cheud sna deich bliadhna a chaidh seachad, ach 's e a' Chomhairle fhathast aon de na comhairlean leis na cosgaisean as àirde airson an tomhais seo.
- Tha ìrean de dh'ath-chuairteachadh fon chuibheas nàiseanta de 42 sa cheud, ach chaidh iad suas bho 20.6 sa cheud ann an 2019/20 gu 34.6 sa cheud ann an 2020/21, an dèidh airgead ga chur ann an ath-chuairteachadh aig oir an rathaid leis a' Mhaoin Leasachadh Ath-chuairteachaidh.
- Tha an co-rèir de rathaidean a tha a dhìth air càradh, air feadh nan diofar sheòrsachaidhean a tha air an cumail suas leis a' Chomhairle, nas àirde na an cuibheas nàiseanta ach coimeasail ri ùghdarrasan dùthchail is eileanach eile. Aig na h-ìrean tasgaidh a th' ann an-dràsta, is dòcha gum bi an co-rèir de lìonra nan rathaidean a tha a dhìth air obair-ghlèidhidh a' dol am meud gu mòr thairis air an ath 20 bliadhna.

## Tha riarachas a' phobaill le seirbheisean air a dhol sìos

**39.** 'S e Sgrùdadh nan Dachaidhean Albannach (an SHS) suirbhidh bliadhna air an ìre ris a bheil daoine fa leth agus dachaidhean riarachaidhean le seirbheisean a thathar a' ruith gu h-ionadail. Mar ann an Alba san fharsaingeachd, tha an ìre de riarachas a' phobaill le seirbheisean nan Eileanan Siar air a dhol sìos thar cheann. Sna h-Eileanan Siar, tha riarachas a' phobaill air tuiteam nas caise airson seirbheisean foghlaim agus cultair is cur-seachadan, leithid leabharlannan agus ionadan spòrs. Tha riarachas le glanadh shràidean air a dhol am feabhas, agus 's ann aig a' Chomhairle a tha an rangachadh riarachais airson togail sgudail as àirde ann an Alba ([Ball-taisbeanadh 5](#))

## Bidh mòran luchd-fàgail sgoile a' coileanadh deagh bhuilean, agus tha buileachadh foghlaim math

**40.** Tha e mar phrìomhachas don Chomhairle gum faighear 'cinn-uidhe dheimhinneach' airson luchd-fàgail sgoile, sin ri ràdh foghlam, trèanadh no cosnadh. Tha a' Chomhairle a' coileanadh gu math gu cunbhalach, air an rangachadh sa cheathramh àite as àirde ann an Alba ann an 2020/21 le 97.1 sa cheud de luchd-fàgail sgoile a' coileanadh ceann-uidhe deimhinneach. Tha Riaghaltas na h-Alba air an curraicealam ath-dhealbhadh gus fòcas a chur air so-fhastachd, agus tha seo air chur ri deagh choileanadh na Comhairle. Tha frithealadh sgoile airson sgoilearan uile math, agus tha na h-Eileanan Siar gan rangachadh seachdamh a-mach às na sgìrean comhairle uile ann an Alba ann an 2020/21.


**41.** Rè 2020/21, bha rangan buileachaidh air an tuairmseachadh air sgàth nam bacaidhean Covid-19 agus deuchainnean air an cur dheth. Mar sin, chan urrainnear coimeas a dhèanamh eadar treandaichean san dàta agus na thachair sna bliadhnaichean ron seo:

- Tha 91 sa cheud de sgoilearan a' fàgail sgoil le ìre 4 no nas àirde airson litearrachd agus àireamhachd. Tha seo 1 sa cheud fon choimeasaiche bhìortail a chaidh a chruthachadh airson nan Eilean Siar. Bidh coimeasaichean bhìortail a' toirt fa-near diofar chùl-raointean nan sgoilearan ann an sgoil no sgìre ùghdarras ionadail.
- Fhuair 72 sa cheud de sgoilearan còig no barrachd teisteanasan aig ìre 5. Tha seo nas àirde na am figear de 67 sa cheud airson Alba air fad.
- Tha an àireamh sa cheud de sgoilearan bun-sgoile a tha a' coileanadh inbhean àireamhachd is litearrachd beagan nas ìsle na an cuibheas nàiseanta.
- Tha na bhios a' Chomhairle a' cosg air gach sgoilear bun-sgoile is àrd-sgoile gu cunbhalach am measg nan ìrean as àirde ann an Alba, còmhla ris an dà ùghdarras eileanach eile.
- Tha an co-rèir de luchd-bruidhinn na Gàidhlig air na h-eileanan, aig 50 sa cheud, nas àirde na ann an àite sam bith eile san Rìoghachd Aonaichte. San Lùnastal 2021, bha 46 sa cheud de sgoilearan bun-sgoile ann am Clas 1 sa Bhun-sgoil a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

## Ball-taisbeanadh 5

### Riarachas le seirbheisean ionadail

Tha an ìre de riarachas air a dhol sìos thairis air an deich bliadhna a dh'fhalbh.



Taisbeanair	2010-14	2012-15	2013-16	2014-17	2015-18	2016-19	2017-20
% de dh'inhich a tha riarachta le togail sgudail	88.	88.	89.	90.	91.	89.	91.
% de dh'inhich a tha riarachta le glanadh nan sràidean	66.	58.	59.	60.	70.	73.	73.
% de dh'inhich a tha riarachta le sgoiltean ionadail	86.	83.	82.	80.	75.	67.	62.
% de dh'inhich a tha riarachta le goireasan chur-seachadan	88.	86.	85.	83.	78.	69.	58.
% de dh'inhich a tha riarachta le leabharlannan	90.	87.	83.	80.	74.	62.	49.
% de dh'inhich a tha riarachta le taighean-tasgaidh is gailearaidhean	78.	71.	65.	66.	61.	54.	43.
% de dh'inhich a tha riarachta le pàircean agus àiteachan fosgailte	82.	78.	79.	79.	70.	54.	38.

Tùs: Sgrùdadh Alba agus Sgrùdadh nan Dachaighean Albannach, seataichean dàta airson Slàinte is Cùram, Riarachas luchd-còmhnaidh le seirbheisean ionadail— aithisg air LGBF SPI 2010-20, Comhairle nan Eilean Siar

**42.** Tha an t-àrd-ùrlar ionnsachaidh e-Sgoil na dhòigh-obrach a tha air thoiseach cùisean san roinn gus cothrom fhaighinn air foghlam air-loidhne do choimhearsnachdan sgapte nan eilean ([Rannsachadh-cùise 2](#)). Leudaich e-Sgoil farsaingeachd a ghnìomhachdan tro chuingealachaidhean Covid-19 gus taic a thoirt do dh'ionnsachadh-d air feadh na h-Alba. Tha a' Chomhairle a' cumail orra a' leasachadh a' phròiseict. Ann a bhith a' dèanamh sin, feumaidh iad dèiligeadh ri iomagainean an luchd-teagaisg a thaobh cho cudromach 's a tha ionnsachadh aghaidh-ri-aghaidh airson cuid de chùrsaichean agus mun bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith ann air àireamhan luchd-teagaisg.

## Rannsachadh-cùise 2



### Tha ionnsachadh air-loidhne tro e-Sgoil a' toirt cothrom nas fharsaingeach do sgoilearan air cuspairean gach cuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig

Tha e-Sgoil, stèidhichte ann an Steòrnabhagh, mar iomairt ionnsachaidh air-loidhne a tha a' ruigsinn Alba air fad agus a bhios a' cur air adhart cothrom co-ionann air curraicealam na sgoile. Bidh i a' tairgse sheiseanan ionnsachaidh beò, eadar-ghnìomach, a tha air an libhrigeadh le tidsearan speisealach clàraichte, a bharrachd air goireasn air-loidhne airson sgoilearan agus teaghlachan.

Bidh prògraman a' co-fhreagairt ris a h-uile ìre den churraicealam, a' gabhail a-steach tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil agus foghlam farsaing coitcheann san àrd-sgoil, a bharrachd air taic stuidearachd airson àrd-ìre agus àrd-ìre adhartach. Bidh e-Sgoil cuideachd a' tairgse oideachadh airson tidsearan agus inbhich eile air feadh Alba a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Ann an co-obrachadh le Headstrong, luchd-cleachdaidh ann an slàinte-inntinn, tha e-Sgoil air seiseanan air slàinte-inntinn is sunnd a thairgse do sgoilearan is an teaghlachan, mar eisimpleir gus taic a thoirt don eadar-ghluasad bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil.

Tha sgioba-stiùiridh e-Sgoil air sùimeannan mòra de mhaoineachadh a thàladh. Fhuair iad £1.9 millean gus an eileamaid bheò a libhrigeadh mar phàirt den t-seirbheis ionnsachadh-d airson Alba air fad, le barrachd is £1 millean de sin ga chleachdadh gus luchd-obrach fhasadh air feadh nan Eilean Siar.

Tùs: Sgrùdadh Alba agus Comhairle nan Eilean Siar

### Tha dùbhlain ann fhathast a thaobh dèiligeadh ri bochdainn chonnaidh

**43.** Bheir bochdainn chonnaidh buaidh mhòr air slàinte is sunnd, gu h-àraid airson seann daoine, a' gabhail a-steach cunnart àrdaichte de dhuilgheadasan analachaidh agus tinneas-criidhe no galar-chuislean. An coimeas ri sgìrean comhairle eile, thathar a' meas gu bheil anns na h-Eileanan Siar an co-rèir as àirde de dhachaighean ann am bochdainn chonnaidh, aig 57 sa cheud.

**44.** Tha buaidh air seo bho nàdar an taigheadais, na seòrsaichean de chonnadh a tha rim faotainn agus teachd-a-steach nan dachaighean. Ann an sgìrean eileanach, tha an co-rèir as àirde de na togalaichean aig a bheil an lùth-èifeachdas as lugha, aig 21 sa cheud airson Innse Gall an coimeas ris a' chuibheas Albannach de cheithir sa cheud. Tha seo a' ciallachadh gu bheil e nas duilghe agus nas cosgail gus inbhean teas-ghlèidhidh an latha an-diugh a ruigsinn. Is dòcha gum bi an èiginn leantainneach ann an cosgaisean bith-beò a' ciallachadh gum bi an suidheachadh a' dol am mìosad.

**45.** Chaidh stoc taigheadas sòisealta nan eilean a ghluasad thairis do Chom-pàirteachas Taigheadas Innse Gall, uachdaran sòisealta clàraichte, ann an 2006. Tha taigheadas neo-chosgail cudromach gus daoine a chumail air na h-eileanan agus coimhearsnachdan dùthchail a neartachadh. Tha an Ro-innleachd

Taigheadais Ionadail airson 2017–22 a’ cur an cèill an targaid gun tèid 55 sa cheud de thaigheadas neo-chosgail ùr a sholarachadh ann an sgìrean dùthchail, agus 45 sa cheud ann an sgìre Steòrnabhaigh.

**46.** Tha prògram an taigheadais ionadail air adhartas cunbhalach a dhèanamh sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh, agus 213 taighean ùra air an coileanadh bho chionn 2018. Tha adhartas ann an cuid de sgìrean slaodach, agus tha na cosgaisean àrda an lùib taighean ùra a thogail ann an sgìrean dùthchail a’ leantainn orra a bhith nan dùbhlàn.

### **Tha planaichean ann airson dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde, a’ gabhail a-steach Cùmhnant Fàs nan Eilean**

**47.** San Ògmhios 2022, thug a’ Chomhairle aonta ris an ro-innleachd atharrachadh gnàth-shìde aca. Tha seo a’ comharrachadh ghnìomhachdan a bheir gu buil suidheachadh far a bheil neoni eimiseanan ann gu dìreach bho mhaoinean is seirbheisean na Comhairle fhèin agus lorg-càrbon na Comhairle san fharsaingeachd ga lùghdachadh. Tha an ro-innleachd cuideachd a’ cur an cèill mar a bhios a’ Chomhairle ag obair le luchd-pàirt gus taic a thoirt do na dh’fhaodas na h-eileanan a chur ris an oidhirp gus Alba Neoni Lom a choileanadh ro dheireadh 2045. Tha atharrachadh gnàth-shìde agus comas lùths ath-nuadhachail nan eilean cuideachd nam feartan cudromach ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean.

**48.** Tha eimiseanan càrbon a dh’fhaodar cur às leth na Comhairle air tuiteam 30 sa cheud bho 2010/11 gu 2019/20, an coimeas ri lùghdachadh cuibheasach de 35.6 sa cheud airson nan comhairlean Albannach air fad. Lùghdaich a’ Chomhairle an cuid eimiseanan tro ghnìomhan a chaidh a chur an cèill sa phlana lùghdachadh càrbon aca, a’ gabhail a-steach:

- ceuman lùth-èifeachdais, a’ gabhail a-steach teas-ghlèidheadh thogalaichean
- a’ toirt a-steach carbadan le eimiseanan fìor-ìosal mar phàirt den chabhlach
- a’ lùghdachadh na h-uimhir de sgudal a’ dol gu làrach-sgudail
- eimiseanan lùghdaichte bho ghriod an dealain

**49.** Tha eimiseanan càrbon buailteach ri bhith nas àirde ann an sgìrean dùthchail. Bidh a’ Chomhairle a’ cumail orra san obair aca còmhla ri luchd-pàirt, a’ gabhail a-steach Adaptation Scotland, gus an tuigse aca a leasachadh air na cunnartan a thig bho atharrachadh na gnàth-shìde agus gnìomhan prìomhachais a chomharrachadh airson obair freagarrachaidh sna h-Eileanan Siar.

### **Tha a’ Chomhairle a’ cuideachadh gus cothromachd agus co-ionannachd a chur air adhart, ach feumaidh iad trèanadh a leudachadh gu luchd-obrach uile**


**50.** Tha a’ Chomhairle air ceuman a ghabhail gus cothromachd agus co-ionannachd fhlige a-steach sna seirbheisean aca. Bidh iad a’ cleachdadh mheasaidhean-buaidh amalaichte gus beachdachadh air na riatanasan seo nuair a thathar a’ dealbhachadh phoileasaidhean ùra no ath-ùraichte. Bidh iad seo a’ dol nas fhaide na feartan dìonta, oir bidh iad a’ gabhail a-steach cuspairean leithid so-sheasmhachd àrainneachdail, còraichean daonna agus bochdainn.



- 51.** Chan eil fòram cho-ionannachdan aig a' Chomhairle gus cuideachadh a thoirt dhaibh le bhith a' tuigsinn agus a' dèiligeadh ri cùisean cho-ionannachdan. Faodaidh luchd-obrach trèanadh air-loidhne ann an co-ionannachdan a ghabhail os làimh mar roghainn. Bhìomaid an dùil gum biodh seo àithnteil, ri linn nan seirbheisean mu choinneimh a' phobaill agus nan uallaichean eagrachaidh a tha air a h-uile comhairle.
- 52.** Tha an neo-ionannachd tuarastail eadar luchd-obrach boireann agus luchd-obrach fireann air lùghdachadh bho 16.4 sa cheud ann an 2015/16 gu 13.5 sa cheud ann an 2020/21. 'S e seo an dàrna neo-ionannachd tuarastail as motha am measg comhairlean na h-Alba (mar chuibheas 3.7 sa cheud). Tha luchd-obrach cùraim shòisealta, a tha boireann sa mhòr-chuid, a' dèanamh suas roinn nas motha den fheachd-obrach sa Chomhairle an coimeas ri comhairlean air tìr-mòr. Tha seo a' cur ris an neo-ionannachd tuarastail nas fharsainghe.
- 53.** Ann an 2020/21, bha boireannaich a' dèanamh suas 52 sa cheud den 10 sa cheud as àirde de luchd-cosnaidh (tha am figear a' gabhail a-steach dreuchdan teagaisg àrd-rangach). Tha seo a' riochdachadh piseach bho 37 sa cheud ann an 2015/16. Chan eil ach 24 sa cheud den 2 sa cheud as àirde de luchd-cosnaidh nam boireannaich.
- 54.** Thairis air an teirm ron seo, b' e a' Chomhairle an aon chomhairle ann an Alba a bha gun chomhairliche boireann sam bith. Dh'obair a' Chomhairle le solaraidhean bhon taobh a-muigh gus tachartasan a chur air dòigh gus barrachd bhoireannach a bhrosnachadh poileataigs ionadail inntrigeadh. Bha na tachartasan seo air an deagh fhrithealadh, agus mar thoradh orra sheas ochdnar bhoireannach mar thagraichean san taghadh 2022 agus chaidh dithis dhiubh a thaghadh. Thug na tachartasan air barrachd bhoireannach cuideachd a bhith nan riochdairean comhairle coimhearsnachd. San taghadh 2022, chaidh a' chiad neach aig a bheil cùl-raon ann am mion-shluagh cinnidheach a thaghadh cuideachd. Bu chòir don Chomhairle cumail orra lèirmheas a dhèanamh air na cleachdaidhean-obrach aca gus iomadachd nas motha a bhrosnachadh ann am poileataigs ionadail.
- 55.** Fon dleastanas Alba nas Cothromaiche, feumaidh comhairlean toirt fa-near mar a dh'fhaodas iad lùghdachadh a dhèanamh air neo-ionannachdan bhuilean a chaidh adhbharachadh le anacothrom sòiseo-eaconamach. Tha fòcas aig an OHCPP air dèiligeadh ri neo-ionannachd san dà sgìre fon anacothrom as motha, agus bidh buidheann-gnìomha air bochdainn-chloinne a' toirt taic do theaghlaichean beag-thuarastail. Tha an sgioba Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd (CLD) gnìomhach gu h-ionadail, a' gabhail a-steach obair le buidhnean LGBTI, a' brosnachadh gnìomhachd 'gun chosgais', agus tron obair aca aig àm a' ghalair lèir-sgaoilte gus daoine so-leònte a chuideachadh. Tha a' Chomhairle a' fastadh dithis oifigearan in-ghabhaltas ionmhasail, a bhios a' toirt taic do dhaoine le dèiligeadh ri fiachan, cothrom air sochairean agus bochdainn chonnaidh.
- 56.** Tha a' Chomhairle air obair leis an luchd-pàirt aca gus fògarraich ath-thuineachadh à Siria agus, o chionn beagan ùine, às an Ugràin. Airson seo, tha seirbheis an fhoghlaim air obair le carthannasan, Com-pàirteachas Taigheadas Innse Gall agus an NHS gus taic a thoirt do chlann gun chompàirt. Tha clasaichean tòiseachaidh agus goireasan eile airson Beurla ionnsachadh rim faotainn airson teaghlaichean Ugràineach air e-Sgoil, uidheam-ionnsachaidh air-loidhne na Comhairle.

# Pàirt 3

## A bheil a' chomhairle a' cleachdadh nan goireasan aca gu h-èifeachdach?



Tha a' Chomhairle air lùghdachaidhean maoinachaidh, ann an cumhaichean da-rìribh, fhulang. Feumaidh iad planadh ionmhasail nas fhad-ùiniche a leasachadh, a bharrachd air sàbhalaichean a ghabhas coileanadh. Tha dì-dhaoineachadh agus duilgheadasan fastaidh a' cur ri brùthaidhean air seirbheisean. Feumaidh iad planaichean ath-ùrachadh airson an fheachd-obrach agus airson rianadh mhaoinen.

### Tha buidseatadh èifeachdach agus pròiseasan airson sùil a chumail air gnothaichean air an stèidheachadh

**57.** Bidh a' Chomhairle a' toirt aonta don bhuidseat bhliadhna aca, maille ri planaichean gnothachais nan seirbheisean, planaichean airson leantainneachd gnothachais agus clàran-cunnairt sheirbheisean gach bliadhna. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-uile air an eadar-cheangal ri chèile agus gum bi iad a' toirt taic do ro-innleachd chorporra agus prìomhachsan na Comhairle.

**58.** Bidh àrd-stiùireadh agus buill gu cunbhalach a' faighinn fiosrachadh ionmhasail pongail air coileanadh buidseit. Bithear a' taisbeanadh aithrisean dearcnachaidh air teachd-a-steach agus calpa gach ràith do Chomataidh Poileasaidh agus Stòras, agus tha coileanadh ionmhasail ga aithris ri comataidhean seirbheise cuideachd.

**59.** Tha Bòrd Buidseit aig a' Chomhairle, air am bi buill thaghte bhon h-uile uàrd a' suidhe gus sùil a chumail air ro-innleachd a' bhuidseit. Bidh Bòrd a' Bhuidseit a' cumail sùil air buidseat airson na bliadhna làithrich agus a' beachdachadh air prìomhachasan nam bliadhnaichean ri teachd. O chionn ghoirid, tha am bòrd air sùil a chumail air a' phrògram airson ath-dhealbhachadh sheirbheisean agus ath-shlànachadh Covid-19, a' gabhail a-steach mar a thathar maoinachadh Covid bho Riaghaltas na h-Alba ga chleachdadh.

**60.** Rè a' ghalair mhòr-sgaoilte, phàigh a' Chomhairle mu £14 millean do dhaoine fa leth agus do ghnothachasan, a' chuid as motha dhiubh tron sgioba Bealach Gnothachais (Business Gateway). Thug iad £300,000 a bharrachd tro sgeama na Comhairle fhèin, Sgeama Taic Ghnothachasan Ionadail Covid-19, gus taic a thoirt do ghnothachasan so-leònte. Chaidh smachdan ionmhais èifeachdach a stèidheachadh. Rinn iad seo cinnteach gun robh gnothachasan a' coileanadh nan slatan-tomhais airson ion-roghnachd mus deach pàighidhean tabhartais-taice ùghdarrachadh.

## Chan eil a' Chomhairle air na planaichean sàbhalaidd aca a choileanadh gu h-iomlan


**61.** Sa Gherran 2018, chuir a' Chomhairle an cèill ro-innleachd buidseit àrd-amasach, fad ceithir-bliadhna, gus £9.75 millean a shàbhaladh tro bhith ag ath-dhealbachadh sheirbheisean agus a' lùghdachadh buidseat nan seirbheisean le 25 sa cheud. Bha na sàbhalaiddhean ris an robhar an dùil a' gabhail a-steach seirbheisean gan lùghdachadh, maoinen gan reic, sàbhalaiddhean gan dèanamh air cosgaisean luchd-obrach agus lèirmheasan air cùmhnantan. Thathar an dùil gum bi an cùmhnant ath-sgrùdaichte airson busaichean Leòdhais is Na Hearadh, mar eisimpleir, a' sàbhaladh £1.2 millean gach bliadhna thairis air seachd bliadhna.

**62.** Sa chiad trì bliadhna den ro-innleachd, cha do choilean a' Chomhairle ach £3.2 millean de na sàbhalaiddhean luach £7.1 millean ris an robhar a' sùileachadh. Chuir iad an gnìomh ro-innleachd buidseit ùr, a mhaireas dà bhliadhna, ann an 2021/22 leis an rùn gum bite a' dèanamh shàbhalaiddhean luach £2.3 millean sa chiad bhliadhna agus £1.2 millean a bharrachd san dàrna bliadhna. A rèir nan ro-mheasaidhean as ùire, thathar a' meas nach urrainnear a' coileanadh ach £1.4 millean de na sàbhalaiddhean 2021/22, le £0.3 millean de na sàbhalaiddhean nach deach a choileanadh air an cur às leth a' ghalair mhòr-sgaoilte ([Ball-taisbeanadh 6](#)).

## Ball-taisbeanadh 6

### Sàbhalaiddhean air am buidseatadh an coimeas ri sàbhalaiddhean a fhuair 2018/19 gu 2021/22

Chan eil a' Chomhairle air na sàbhalaiddhean ris an robhar a' sùileachadh a choileanadh sna beagan bhliadhnaichean a chaidh.



Nòta 1. Tha figearan 2021/22 stèidhichte air cunntasan nach deach sgrùdadh.

Tùs: Sgrùdadh Alba, Aithisgean Dearnachaidh Teachd-a-steach le Comhairle nan Eilean Siar

## Feumaidh a' Chomhairle planadh ionmhasail nas fhad-ùiniche a leasachadh, agus cha deach aca air an dreuchd bhan chudromach de oifigear ionmhais a lionadh

**63.** Bidh a' Chomhairle a' leasachadh a' bhuidseit aca stèidhichte air ro-mheasaidhean aon- no dà-bhliadhna. Chan eil aca fhathast ro-innleachd ionmhasail èifeachdach airson na meadhan-ùine no fad-ùine a bhios a' dèanamh ceangal ri planadh airson cruth-atharrachadh, planadh an fheachd-obrach no planadh mhaoinean. Tha iad an dòchas plana ionmhasail meadhan-ùine, a mhaireas trì- no ceithir-bliadhna, a chruthachadh ann an co-rèir ris an sgrùdadh air cosg as ùire aig Riaghaltas na h-Alba. Bithear ag aithris ro-mheasadh ionmhasail airson deich bliadhna mar phàirt den bhuidseat bhliadhnail. Bidh seo a' dèanamh ro-bheachdan farsaing a thaobh teachd-a-steach is caiteachas na Comhairle san àm ri teachd, a' gabhail a-steach:

- rèite ionmhasail aig ìre neo-chaochlaideach airson a' mhaoineachaidh fo thabhartas taice do theachd-a-steach bho Riaghaltas na h-Alba fad deich bliadhna (gu bhith air ath-sgrùdadh an dèidh an sgrùdadh air cosg aig Riaghaltas na h-Alba)
- maoineachadh airgid ullaimh, aig ìre neo-chaochlaideach, airson Co-bhòrd an Amalachaidh (an IJB) fad deich bliadhna
- cosgaisean luchd-obrach a' dol am meud 2 sa cheud gach bliadhna; agus teachd-a-steach a' dol am meud 2 sa cheud gach bliadhna.

**64.** San ro-mheasadh, tha cion mion-fhiosrachaidh a tha riatanach airson planadh ro-innleachdail fad-ùine. Chan eil e a' gabhail a-steach diofar chnàmh-sgeulan ionmhasail, sàbhalaidhean a nithear san àm ri teachd bho ath-dhealbhadh sheirbheisean no roghainnean cruth-atharrachaidh.

**65.** Tha a' Chomhairle a' leantainn orra aghaidh a chur ri dùbhlain ionmhais cudromach thairis air a' mheadhan-ùine gu fad-ùine. Feumaidh iad easbhaidhean planaichte sa bhuidseat de £0.5 millean ann an 2022/23 agus £2.6 millean ann an 2023/24 bho chùl-stòran ionmhasail mur am faighear sàbhalaidhean ùra. A rèir ro-mheasaidhean fad-ùine, bidh easbhaidh bhliadhnail ann de £13 millean ro dheireadh 2032/33 às eugmhais shàbhalaidhean ùra.


**66. Ball-taisbeanadh 7** a' sealltainn balans a' chùl-stòir airson maoin coitcheann na Comhairle thairis air na còig bliadhna a dh'fhalbh, air a roinn eadar maoineachadh a bha daingnichte agus neo-dhaingnichte. Tha ìre a' chùl-stòir air àrdachadh mean air mhean bho chionn 2018/19, agus tha an suidheachadh neo-sgrùdaichte airson 2021/22 a' sealltainn meudachadh a bharrachd de £4 millean, sa mhòr-chuid mar thoradh air maoineachadh a bharrachd ann an tabhartas teachd-a-steach coitcheann bho Riaghaltas na h-Alba, a' gabhail a-steach taic mar fhreagairt ri brùthaidhean Covid-19.

**67.** Tha cion ro-innleachd ionmhasail mionadeach a' ciallachadh nach urrainn don Chomhairle dearbhadh fhathast gum bi iad comasach air na dùbhlain ionmhasail mhòra a choileanadh, air am bi iad a' cur aghaidh thairis air a' mheadhan-ùine gu ùine nas fhaide.

## Ball-taisbeanadh 7

Balans a' chùl-stòir, daingnichte agus neo-dhaingnichte, 2017/18 gu 2021/22

Tha balans cùl-stòr na Comhairle air àrdachadh bho chionn 2018/19.



Nòta 1. Tha figearan 2021/22 stèidhichte air cunntasan nach deach a sgrùdadh.

Tùs: Sgrùdadh Alba, Aithisgean Dearnachaidh Teachd-a-steach le Comhairle nan Eilean Siar

**68.** Tha a' Chomhairle air obrachadh gun Stiùiriche airson Mhaoinean, Ionmhais agus Ghoireasan bho chionn an Fhaoilich 2021. Tha cur an dreuchd oifigeir ionmhais aig ìre buidhne-stiùiridh mar phrìomhachas cudromach airson na Comhairle. Tha seo cudromach airson planadh ro-innleachdail nas fhad-ùiniche a leasachadh.

### Tha maoinachadh air a dhol an lughad gu mòr an coimeas ri comhairlean eile, agus bidh a' Chomhairle a' cur aghaidh air gainnead teachd-a-steach san àm ri teachd

**69.** Tha maoinachadh airson chomhairlean a' crìonadh, agus bidh Riaghaltas na h-Alba a' riarachadh mòran den mhaoineachadh airson adhbharan sònraichte. Bidh seo a' lùghdachadh ùghdarras nan comhairlean air co-dhùnaidhean cosg. Tha gach rèite maoinachaidh airson chomhairlean ceangailte ri àireamh-shluaigh, am measg shlatan-tomhais eile. Nan cuid buidseataidh thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha a' Chomhairle air chur an cèill gun d'fhuair iad an lùghdachadh as motha ann am maoinachadh tabhartas taice do theachd-a-steach am measg nan 32 ùghdarras ionadail.

**70.** Tha an anailis againn, mar phàirt den aithriseadh againn an lùib foir-shealladh air riaghaltas ionadail, a' toirt taic don argamaid seo. Fhuair a' Chomhairle lùghdachadh, ann an cumhaichean da-rìribh, de 14.6 sa cheud ann am maoinachadh eadar 2013/14 agus 2018/19, an lùghdachadh as motha airson ùghdarras ionadail sam bith. B' e an lùghdachadh cuibheasach, ann an cumhaichean da-rìribh, thairis air an ùine sin airson comhairlean na h-Alba 5.6 sa cheud. Nan robh a' Chomhairle a' faighinn an aon cho-rèir den mhaoineachadh iomlan ann an 2020 's a fhuair iad ann an 2010, bhiodh iad air £20 millean a bharrachd fhaighinn.

## Bidh a' Chomhairle a' lorg a-mach cothroman maoinichaidh gu for-ghniomhach, ach tha sruthan maoinichaidh san àm ri teachd neo-chinnteach

**71.** Tha a' Chomhairle air a bhith na guth làidir airson maoinichadh Oighreachd a' Chrùin, agus bidh iad a' lorg a-mach cothroman maoinichaidh a bharrachd gu for-ghniomhach. Mar sgìre dhùthchail iomallach, fhuair iad buannachd à maoinichadh Eòrpach ann an amannan a chaidh seachad, mar eisimpleir gus a' phrìomh shlighe còmhdhail tro na h-eileanan a leasachadh. Ann an Cùmnant Fàs nan Eilean, fhuair a' Chomhairle agus an luchd-pàirt aca am maoinichadh as àirde gach pearsa airson cùmhant fàs sam bith. Tha am maoinichadh a thig an àite sruthan maoinichaidh an Aonaidh Eòrpaich neo-chinnteach an-dràsta, agus tha a' bhuidh a bhios aige air a' Chomhairle neo-chinnteach mar an ceudna.


## Bidh a' Chomhairle gu cunbhalach a' caitheamh fon t-sùim shuidhichte air a' phrògram calpa aca, agus feumaidh iad am plana rianadh mhaoinean ath-ùrachadh

**72.** Tha a' Chomhairle air caitheamh fon t-sùim shuidhichte air na buidseatan calpa aca airson 2018--23 (**Ball-taisbeanadh 8**). Tha iad air an comas aca gus pròiseactan calpa a libhrigeadh a mhì-thuairmseachadh, agus tha Covid-19 air adhartas a shlaodachadh barrachd.

### Ball-taisbeanadh 8

Caiteachas calpa air a bhuidseatadh an coimeas ri na chaidh a chosg, 2016/17 gu 2020/21

Tha a' Chomhairle air caitheamh fon t-sùim shuidhichte air na buidseatan calpa aca sna beagan bliadhnaichean a dh'fhalbh.




**73.** Tha am pàtran seo air leantainn air ann an 2021/22, le caitheamh fon t-sùim shuidhichte ga aithris aig cha mhòr £10 millean. Chaidh a' chuid bu mhotha de seo adhbharachadh le dàlaichean ann an aon de na prìomh phròiseactan calpa aig a' Chomhairle agus an luchd-pàirt aca, am pròiseact airson mòr-ionad coimhearsnachd ann am Bàgh a' Chaisteil. Tha caiteachas luach mu £3.5 millean, a bhathar an dùil a chosg ann an 2021/22, a-nis ga chur air clàr-ama airson 2023/24. Feumaidh a' Chomhairle toirt fa-near dè a' bhuidh a bhios aig na dàlaichean caiteachais seo nuair a tha iad a' leasachadh a' phrògram calpa aca airson 2023–28.

**74.** Tha Mòr-ionad Coimhearsnachd Bharraigh is Bhatarsaigh na cho-obrachachadh eadar Com-pàirteachas Taigheadas Innse Gall, NHS Eileanan Siar agus Poileas Alba, le taic bho Riaghaltas na h-Alba agus Urras Albannach nan Amannan ri Teachd. Bidh e a' gabhail a-steach sgoiltean, leabharlannan, cùram-slàinte agus seirbheisean poileis fo aon mhòr-ionad coimhearsnachd. Tha am pròiseact a' dèanamh adhartas, ach ri linn àrdachadh ann an cosgaisean togail agus cosgaisean stuthan, feumar pàirtean dheth ath-mheasadh.

**75.** Dh'fhoillsich a' Chomhairle gach cuid am plana rianadh mhaoinean corporra aca agus am plana rianadh mhaoinean-seilbhe aca ann an 2013. Ruith na planaichean seo gus 2018 agus tha an dà phlana a-nis às-aimsireach. Tha a' Chomhairle air adhartas a dhèanamh le bhith a' faighinn cuidhteas de mhaoinean anabharra agus a' cur air dòigh oifisean co-shuidhichte leis an luchd-pàirt aca. Tha iad ag ath-sgrùdadh roghainnean a thaobh mar a chleachdar na h-oifisean aca, an dèidh meudachadh ann an ìre de dh'obair bhon taigh mar thoradh air a' ghalar mhòr-sgaoilte Covid-19.

**76.** Tha an ro-innleachd chorporra ag aithneachadh maoinean aosmhor na Comhairle mar laigse. Bu chòir don Chomhairle na planaichean rianadh mhaoinean ath-ùrachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil na planaichean sin ann an co-rèir ri clàran-ama a ghabhas coileanadh airson pròiseact calpa.

### Tha goireasachadh pròiseact suaicheanta airson cùram sòisealta air a bhith dùbhlach

**77.** 'S e am pròiseact Cnoc nan Gobhar ann an Steòrnabhagh am pròiseact cùraim shòisealta as motha sna h-Eileanan Siar. Tha e ag amas air dachaigh-cùraim agus **taigheadas le cùram a bharrachd**  a stèidheachadh air aon làrach, gan cur an àite dà dhachaigh-chùraim còmhnaidh. 'S e leasachadh cudromach a tha san roghainn airson taigheadas le cùram a bharrachd, nì nach eil air a bhith ri fhaotainn sna h-Eileanan Siar gu ruige seo.

**78.** Tha luchd-pàirt a' phròiseict a' gabhail a-steach a' Chomhairle, Com-pàirteachas Taigheadas Innse Gall agus am maoin Barrachd Taighean Alba aig Riaghaltas na h-Alba. Tha am pròiseact a' faighinn taic bho Cho-bhòrd Amalachaidh nan Eilean Siar (an IJB). Fhuair aonta air a shon san t-Sultain 2017, le easbhaidh bhliadhnail ga ro-mheas aig £486k.

**79.** Tha an ìre de dh'easbhaidh san teachd-a-steach air a bhith neo-shoilleir fhad 's a thathar a' togail an aitreibh, ann an raon eadar £28,000 agus £1.8 millean. A rèir coltais, tha na diofaran seo ceangailte ri ath-sgrùdaidhean air modail an



**Tha taighean le cùram a bharrachd** a' coimeasgadh ionad-còmhnaidh le taic a bharrachd agus seirbheisean cùraim, mar eisimpleir cobhair le feumalachdan làitheil leithid dèiligeadh ri cungaidhean-leighis.

luchd-obrach airson na dachaigh-cùraim agus taigheadas le cùram a bharrachd a ruith. Chaidh dàlaichean a chur air coileanadh nan obraichean-togail cuideachd. Tha na prìomh chùisean a leanas fhathast ann:

- Cha bhi an t-aitreabh aig Cnoc nan Gobhar a' fosgladh gu h-iomlan as t-samhradh 2022, mar a bhathar an dùil a rèir a' phlana, ach bu chòir gum bi an dachaigh-cùraim còmhnaidh agus taigheadas le cùram a bharrachd a' fosgladh ro dheireadh a' Ghiblein 2023. Tha seo an crochadh air luchd-obrach maireannach agus luchd-obrach faochaidh fhastadh gu soirbheachail agus eadar-ghluasad sàbhailte bho na goireasan cùraim a th' ann an-dràsta a dhèanamh comasach.
- Tha iomagainean ann fhathast a thaobh lìonadh nan 31 dreuchd a bhios a dhìth gus luchd-còmhnaidh nan dachaighean-cùraim làithreach a thar-aiseag gu Cnoc nan Gobhar gu sàbhailte agus comas cùram-faochnaidh a chumail (tha sia de na dreuchdan làithreach bàn an-dràsta).
- Tha an IJB a' toirt airgead-dìolaidh do Chom-pàirteachas Taigheadas Innse Gall airson teachd-a-steach a chall a chionn 's nach robh taigheadas le cùram a bharrachd fosgailte as t-samhradh 2022 mar a bhathar an dùil a rèir a' phlana.

**80.** Tha frionasan air a bhith ann eadar a' Chomhairle agus IJB nan Eilean Siar a thaobh maoinachadh airson Cnoc nan Gobhar. Chuir an IJB an cèill iomagainean gum feumadh an easbaidh a lìonadh bhon chùl-stòr acasan. Thathar air dèiligeadh ri seo le maoinachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba agus cleachdadh cùl-stòr an IJB, air stèidh neo-ath-thillteach, gu deireadh 2024/25.

### **Tha a' Chomhairle a' cur aghaidh air brùthaidhean leantainneach a thaobh feachd-obrach, agus tha iad a' leasachadh a' phlana feachd-obrach aca**

**81.** Tha duilgheadasan fastaidh air a bhith ann fad ùine mhòr ann an Innse Gall, a' gabhail a-steach a thaobh dhaoine òga agus proifeiseantaich sgileil. Tha an crìonadh a thathar a' ro-mheasadh ann an àireamh-shluaigh de dh'aois obrach agus am meudachadh sa cho-rèir de sheann daoine na dhùbhlann ana-mhòr airson nan eilean.

**82.** Tha plana feachd-obrach na Comhairle a' comharrachadh raointean far a bheil duilgheadas aca ann a bhith a' fastadh luchd-obrach, a' gabhail a-steach cùram sòisealta, prìomh luchd-obrach sgoil-àraich a tha clàraichte agus dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach. Tha ro-innleachd leasachadh buidhne aca airson sgilean an fheachd-obrach a leasachadh san àm ri teachd. Tha seo a' tarraing aire don phàirt a chluichear leis a' phrògram preantasachd aca ann a bhith a' tàladh luchd-cosnaidh don Chomhairle agus a' leasachadh an cuid sgilean. Tha e cuideachd ag aithneachadh gu bheil trèanadh ann an ceannardas agus a' toirt piseach air cumhaichean fastaidh air fad cudromach airson am feachd-obrach aca a ghlèidheadh. Tha iad nam fastaiche tuarastail bith-beò agus tha iad a' leasachadh chothroman obrach sùbailte le fòcas air sunnd an luchd-obrach.

**83.** Bidh an dà chuid plana an fheachd-obrach agus plana leasachaidh na buidhne a' tighinn gu crìoch ann an 2022. Tha a' Chomhairle ag ath-ùrachadh nam planaichean seo mar thoradh air na pàtran obrach a thòisich sa ghalar



mhòr-sgaoilte Covid-19. Feumaidh iad cuideachd planaichean ìre seirbheise a leasachadh gus na roghainnean a thaobh easbhaidhean sgilean agus feachd-obrach a chur an cèill.

### **Tha cothroman trànaidh agus riarachas a thaobh trànanadh àrd, ach bidh brùthaidhean obrach a' toirt buaidh air ìrean com-pàirteachaidh**

**84.** Tha cothrom nas motha aig luchd-cosnaidh a-nis air goireasan trànaidh air-loidhne. Chaidh seo a chleachdadh gu deagh èifeachd gus com-pàirteachadh ann an trànanadh a mheudachadh an dèidh beagan crìonaidh rè a' ghalair mhòr-sgaoilte. Fhuair 890 luchd-obrach uile gu lèir trànanadh ann an 2021, agus tha riarachas a thaobh trànanadh a' mairsinn àrd. Dh'innis feadhainn den luchd-obrach gun robh brùthaidhean obrach a' cuibhreachadh an comais a bhith a' gabhail pàirt ann an cothroman trànaidh.

### **Mar thoradh air suirbhidhean luchd-obrach, thathar air ceuman sunnd a thoirt a-steach**

**85.** Rinn a' Chomhairle dà shuirbhidh sònraichte airson luchd-obrach rè na h-ùine 2020-22 air rianan-obrach rè a' ghalair mhòr-sgaoilte Covid-19 agus air fastadh is glèidheadh luchd-obrach ann an cùram sòisealta. Thug iad a-steach seirbheis cobhair luchd-obrach gus taic dhìomhair a thoirt do luchd-obrach mar fhreagairt ri iomagainean sunnd a nochd san t-suirbhidh. Chaidh an suirbhidh mu dheireadh a rinneadh airson na buidhne air fad a choileanadh ann an 2018. Sheall seo gun robh 64 sa cheud de luchd-obrach riarachta leis an obair aca, ach gun robh misneachd sa bhuidhinn air a dhol sìos, ma dh'fhaodte ceangailte ri lùghdachadh ann an ìrean de luchd-obrach.

### **Dh'fhaodadh conaltradh ri luchd-obrach a bhith air a leasachadh**

**86.** Sna coinneamhan a bh' againn air feadh na buidhne, bha e follaiseach dhuinn gun robh comas ann airson piseach a chur air conaltradh na Comhairle ris an luchd-obrach aca. Nochd suirbhidhean a rinneadh roimhe gun robhar a' faireachdainn gum bu chòir don Chomhairle a bhith nas fhosgailte agus luchd-obrach a chumail fiosraichte. Bu chòir don Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil ag ath-thòiseachadh nan suirbhidhean bliadhnail, gu h-àraid ann an co-theacsa de bhrùthaidhean leantainneach a thaobh maoineachadh agus fastadh.

### **Tha brùthaidhean air luchd-obrach a' dol am meud agus ag adhbharachadh lùghdachaidhean ann an cuid de sholar sheirbheisean**

**87.** Nochd na còmhraidhean a bh' againn ri oifigearan agus buill gun robh brùthaidhean eallach-obrach a' dol am meud. Bha am feum air obair dhreuchdan bàna a chòmhdachadh a' cur ri seo, a bharrachd air a' chuibhreachadh ann an àireamh de dhreuchdan-stiùiridh agus am fàs ann an iarrtasan air seirbheisean. O chionn ghoirid, mar thoradh air brùthaidhean eallach-obrach, tha manaidsèaran air fòcas a chur air seirbheisean a chumail a' dol, air chosg planadh nas ro-innleachdail. Tha seo a' toirt buaidh air comas ceannardas na Comhairle agus air an comas gus seirbheisean a leasachadh agus a mhathachadh. Sa Ghearran 2022, dh'aithris an IJB air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig brùthaidhean deamografach agus feachd-obrach air an t-seirbheis slàinte is cùram sòisealta ([Rannsachadh-cùise 3](#)).

## Rannsachadh-cùise 3



### Tha brùthaidhean deamografach agus feachd-obrach ann an slàinte is cùram sòisealta a' cur ri iarrtasan

Tha gainneadan luchd-obrach ann an slàinte is cùram sòisealta ga dhèanamh duilich gus seirbheisean a ghlèidheadh, a' gabhail a-steach cùram san dachaigh.

Tha ìrean de dhreuchdan bàna àrd, aig 14 sa cheud, co-ionann ri cunntas-cheann de 160. Tha cha mhòr an dàrna leth den fheachd-obrach nas sine na 55 bliadhna a dh'aois agus a' fàs ion-roghnach airson an dreuchdan a leigeil dhiubh.

Tha feachd-obrach nas sine nas buailtich ri tinneas fad-ùineach. Tha ìrean de thinneas àrd, aig barrachd is 10 sa cheud làithean air an call tro neo-làthaireachd air an loidhne-aghaidh am measg luchd-obrach ann an cùram sòisealta agus slàinte-inntinn.

Tha 72 neach a' feitheamh ri cùram stèidhichte sa choimhearsnachd, co-ionann ri 643 uairean-a-thìde de fheumalachdan nach deach a choileanadh gach seachdain. Tha amannan-feitheimh airson cùram san dachaigh àrd, barrachd is 150 latha.

Tha an t-seirbheis a' cleachdadh barrachd luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh gus beàrnan a lìonadh. Tha seo na roghainn chosgail a dh'fhaodas buaidh a thoirt air an dàimh eadar an t-euslainteach agus an neach-cùraim. Mar is trice, bidh luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh a' cosg a dhà uimhir 's a bhiodh an t-aon luchd-obrach aig a' Chomhairle, agus bidh luchd-obrach bhuidhnean-cosnaidh a' cosg suas ri còig uimhir barrachd na luchd-obrach NHS ann an dreuchdan àrd-lighichean.

Tha a' Chomhairle a' beachdachadh air roghainnean nas fhad-ùiniche gus cuideachadh le luchd-obrach a thàladh agus a ghlèidheadh. Mar cheum eadar-amail, tha iad air pàigheadh aon turais a thoirt a-steach gus luchd-obrach cùraim shòisealta a tha ion-roghnach a ghlèidheadh.

Tùs: Sgrùdadh Alba agus IJB nan Eilean Siar

### Tha cothroman preantasachd a' brosnachadh dhaoine a chumail orra a' fuireach sna h-Eileanan Siar

**88.** Tha a' Chomhairle air obrachadh ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgilean na h-Alba gus preantasachdan a chur air adhart gu luchd-fàgail sgoile, ceumnaichean agus daoine a tha ag iarraidh ath-thrèanadh ann an dreuchd ùr. Thuirt luchd-pàirteachaidh gun robh cothroman den leithid seo mar phrìomh adhbhar airson cumail orra a' fuireach air na h-Eileanan.

**89.** Tha prògram preantasachd na Comhairle air a dhol am meud gu mòr sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Ann an 2021/22, bhathar a' tairgse 160 preantasachdan, an coimeas ri 26 ann an 2018/19, agus chaidh 361 preantasachdan uile gu lèir a thairginn thairis air na ceithir bliadhna 2018–22.

**90.** Thathar a' tairginn phreantasachdan ùr-nodha, preantasachdan bun-ìre agus preantasachdan ceumnaiche. Bidh iad a' dèiligeadh ri raon de dhiosaplainean mar fhreagairt ri gach cuid feumalachdan na Comhairle agus riatanasan ghnothachasan air feadh nan Eilean Siar. Tha preantasachdan gan dèanamh an-dràsta ann an aoi gheachd, cùram-chloinne agus slàinte is cùram sòisealta – a' gabhail a-steach greisean-gniomhachais gus cuideachadh le bhith a' goireasachadh na dachaigh-cùraim ùire ann an Cnoc nan Gobhar.

## Feumaidh modhan solarachaidh a bhith co-chòrdail ri amasan gus taic a thoirt don eaconamaidh ionadail

**91.** Tha ro-innleachd solarachaidh 2021–23 ag aithneachadh gum feumar na buannachdan as fhèarr fhaighinn à solarachadh, a thaobh shochair eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail. Feumaidh a' Chomhairle co-chothromachadh doirbh a dhèanamh eadar caomhnadh tomaid a choileanadh tro bhith a' solarachadh bho chùmhantaichean nas motha à tìr-mòr agus taic a thoirt do ghnothachasan nas lugha air na h-eileanan.

**92.** Ann an 2020/21, rè a' ghalair mhòr-sgaoilte, thuit an co-roinn de chùmhantan a chaidh a dhuisseachadh do thairgsearan ionadail bho 40 sa cheud gu 30 sa cheud. Ach tha a' Chomhairle air adhartas a dhèanamh air conaltradh ris an treas raon, mar eisimpleir buidhnean carthannais, saor-thoileach agus coimhearsnachd. Tha iad cuideachd air portal tairgseachaidh air-loidhne a chur an gnìomh airson a h-uile cùmhant ùr air chor 's gum bi e nas fhasa tairgsean a chur a-steach agus a luachadh.

## Mar thoradh air fàilligidhean solarachaidh, rinn a' Chomhairle rèiteachadh luach £0.45 millean

**93.** San [Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhna 2020/21](#) againn, dh'aithris sinn fàilligidhean brìoghmhor ann am Pròiseact Taigh-tasgaidh is Tasglann Caisteal Leòdhais. Chaidh cùmhant na seirbheise a dhuisseachadh ann an 2011. Ann an 2013, thog treas pàrtaidh cùis-lagha an aghaidh na Comhairle a thaobh na dòigh san do stiùirich iad eacarsaich an t-solarachaidh.

**94.** B' e barail na Comhairle air feadh na cùise gun robh na pròiseasan aca freagarrach agus iomchaidh, agus mhair a' chùis mar fhèicheanas tuiteamach sna cunntasan aca. Ach, san Lùnastal 2020, fhuair iad comhairle laghail bho Neach-tagraidh na Banrigh a mhol gum bu chòir dhaibh tighinn gu rèite air a' chùis a chionn 's gun robh an argamaid aca a thaobh cleachdadh solarachaidh do-dhìonadh.

**95.** San Lùnastal 2020, thaisbean an Ceannard aithisg do bhuill a mhol gum bu chòir don Chomhairle tighinn gu rèite air a' chùis. Cha do chuir an aithisg an cèill gu h-iomlan na fàilligidhean solarachaidh a dh'adhbharaich comhairle an neach-tagraidh gum bu chòir dhaibh tighinn gu rèite. Rinneadh seo gus an cunnart a lùghdachadh gun tigeadh a' chomhairle laghail gu aire an neach-gearain, nì a bhiodh air seasamh barganachaidh na Comhairle a lagachadh. Dhiùlt na buill moladh a' cheannard agus, an àite sin, dh'aontaich iad contra-mholadh a bhac e bho thighinn gu rèite air a' chùis.

**96.** An dèidh seo, fhuair a' Chomhairle fiosrachadh iomlan air comhairle an neach-tagraidh aig a' choinneimh aca san t-Sultain 2020 agus dh'ùghdarraich iad rèite luach £0.45 millean. Chaidh a' chùis a rèiteachadh taobh a-muigh na cùirte gun aideachadh buailteachd. Cho-dhùin sinn gum bu chòir don Cheannard am fiosrachadh fhoillseachadh do bhuill na bu tràithe sa phròiseas.

## Tha a' Chomhairle air trèanadh-aire a thaobh giùlan gnothachais a dhèanamh ri fhaotainn do luchd-obrach


**97.** Tha in-sgrùdairean agus Coimisean nam Bun-tomhasan air a bhith tàireil air gach cuid oifigearan agus buill thaghte sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh a thaobh eisimpleirean sònraichte ceangailte ri fosgarrachd agus giùlan gnothachais:

- San Iuchar 2018, chronaich Coimisean Bun-tomhasan na h-Alba comhairliche airson Còd-giùlain nan Comhairlichean a bhriseadh le bhith a' dearmad a chuid earrannan ann an companaidh a chlàradh.
- Ann an 2019, fhuair in-sgrùdadh air giùlan bhall gun robh ball air gach cuid an còd-giùlain agus poileasaidh tèarainteachd IT na Comhairle a bhriseadh san dòigh san do làimhsich e pàipear comataidh prìobhaideach.
- Ann an 2022, nuair a bha a' Chomhairle a' dèanamh cinnteach gun robh chlàran-gnothaich airson a Fo-chomataidh Goireasan Daonna rim faighinn airson sgrùdadh poblach, mar a tha riatanach fo Achd Riaghaltas Ionadail (Alba) 1973, cha robh i a' foillseachadh nan clàran-gnothaich seo no pàipearan poblach buntainneach sam bith air an làrach-lìn aice. Tha a' chomhairle a-nis air aontachadh an stuth seo fhoillseachadh air an làraich-lìn aice san àm ri teachd, agus i ag aithneachadh gur e deagh chleachdadh a tha seo ris a bheilear a' gabhail sa chumantas a-nis.

**98.** Ann an 2019, chuir sinn air adhart moladh gum faodadh a' Chomhairle an suirbhidh aig Sgrùdadh Alba 'Your Reputation at Risk' a chleachdadh gus measadh a dhèanamh air mothachadh nan oifigearan agus nam ball air cùisean a thaobh giùlan gnothachais. San Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail 2018/19 an dèidh sin, thug sinn fa-near nach robh a' Chomhairle air an suirbhidh a ghabhail os làimh ach gun robh iad a' leasachadh trèanadh a dh'aon ghnothach airson oifigearan agus bhall. Chaidh dàil a chur san trèanadh seo leis a' ghalar mhòr-sgaoilte, ach thathar a-nis ga libhrigeadh.

# Pàirt 4

## A bheil a' chomhairle ag obair gu math leis an luchd-pàirt aca?



Tha planaichean aig a' Chom-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd airson sgìrean prìomhachais, ach tha feum ann air ro-innleachd iomlan is fòcas a' chom-pàirteachais ath-ùrachadh. Tha a' Chomhairle a' toirt taic do choimhearsnachdan ann an co-dhùnaidhean air caiteachas ionadail. Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean a' toirt frèam-obrach agus maoineachadh airson prìomh phròiseactan eaconamach.

### Tha a' Chomhairle ag obair gu math le luchd-pàirt ann an libhrigeadh sheirbheisean, ach tha feum ann air fòcas an OHCPP a bhith air ath-ùrachadh

**99.** Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil obair com-pàirteachais deatamach gus na h-amasan eaconamach aca a choileanadh. Tha i ag obair gu math leis na com-pàirtichean aice gus seirbheisean a libhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach obair gus taic a thoirt don eaconamaidh agus mòr-ionadan coimhearsnachd a leasachadh, a bharrachd air a' phrògram preantasachd aca. Bidh iad a' co-obrachadh le ùghdarrasan dùthchail agus eileanach eile agus le buidhnean riaghaltais, a' gabhail a-steach an obair aca air Caidreachas a Chinn a Tuath gus piseach a thoirt air builean foghlaim. Bidh a' Chomhairle agus Leasachadh Sgìlean na h-Alba ag obair gu dlùth còmhla, le cairt aca a tha a' cur an cèill an amasan co-roinnte aca gu bhith a' cuideachadh luchd-fàgail sgoile a-steach a dh'obair, trèanadh no stuidearachd a bharrachd.

**100.** Tha Com-pàirteachas Planadh Coimhearsnachd Innse Gall (OHCPP) a' gabhail a-steach raon farsaing de luchd-pàirt bho bhuidhnean poblach agus bho bhuidhnean coimhearsnachd is an treas raoin a bhios ag obair còmhla gus na h-àrd-amasan coitcheann aca a libhrigeadh airson nan eilean. Tha e air a dhèanamh suas de Bhòrd agus Buidheann-stiùiridh, agus san dà chuid tha ball taghte a' gabhail na cathrach.

**101.** Tha OHCPP a' cuideachadh gus dàimhean a thogail eadar seirbheisean poblach ionadail. Rè nan ceuman gus Covid-19 a chumail sìos, chleachd an luchd-pàirt na dàimhean làidir aca gus seirbheisean agus coimhearsnachdan a mharasgladh gus taic a thoirt do dhaoine so-leònte.

**102.** Tha trì buidhnean prìomhachais aig an OHCPP a bhios a' cur fòcas air na trì amasan farsaing sa phlana leasachaidh bhuilean ionadail (LOIP) airson 2017–2027: àireamh-shluaigh sheasmhach, eaconamaidh seasmhach agus càileachd na

beatha a leasachadh. Chaill na buidhnean seo beagan den dèine aca rè a' ghalair mhòr-sgaoilte. Tha gnìomhachd a rinneadh o chionn ghoirid air fòcas a chur air dà phrìomh chùis: atharrachadh gnàth-shìde agus bochdainn. Tha am buidheann-gnìomha air bochdainn, air a bheil comhairliche a' gabhail na cathrach, a' cumail sùil air a' phlana-gnìomh bochdainne. Tha am buidheann air atharrachadh na gnàth-shìde, air a bheil cuideigin bhon taogh a-muigh, bho NàdarAlba, a' gabhail na cathrach, a' leasachadh ro-innleachd gnàth-shìde.

**103.** Tha dì-dhaoineachadh a' mairsinn mar dhùbhlain èiginneach airson nan eilean. Tha gnìomhachdan na Comhairle agus an luchd-pàirt aca, leithid am prògram preantasachd, taic gnothachais agus taigheadas neo-chosgail, cudromach airson dèiligeadh ri seo. Chan eil an OHCPP air stiùireadh làidir a thoirt seachd san raon seo sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh.

**104.** Ann an 2017, chomharraich an com-pàirteachas dà sgìre ionadail a bha feumach air oidhirp a bharrachd gus builean a leasachadh (Uibhist a Tuath is Beinn na Faoghla agus Taobh an Iar Steòrnabhaigh). Bha seo stèidhichte air dàta air builean planadh coimhearsnachd agus co-chomhairleachadh tron uidheam-suirbhidh How Good is Our Place ([Place Standard](#)).

**105.** Tha plana-gnìomh aig an dà sgìre agus thathar air oifigearan-leasachaidh a chur an dreuchd gus na coimhearsnachdan ionadail a chuideachadh gus na planaichean seo a libhrigeadh. Tha an com-pàirteachas air beagan adhartais a dhèanamh air cinn-uidhe dheimhinneach airson luchd-fàgail sgoile sna sgìrean seo. Tha dùbhlain leantainneach ann fhathast a thaobh buileachadh foghlaim agus intrigidhean èiginneach do dh'ospadal.

**106.** Tha OHCPP ag aithneachadh gum feum e cur an cèill gu soilleir mar a libhrigeas e na builean ainmichte sa phlana leasachaidh bhùilean ionadail (LOIP), agus tha planaichean aige lèirmheas a dhèanamh air na structuran aige. Tha e cuideachd an dùil gum bithear ag ath-sgrùdadh an LOIP mar fhreagairt ri Achd nan Eilean (Alba), Plana Nàiseanta nan Eilean agus Cùmhnant Fàs nan Eilean.

## **Tha seirbheisean slàinte is cùraim shòisealta a' cumail orra a' cur aghaidh air dùbhlain bhrìoghmhor**

**107.** Tha IJB nan Eilean Siar a' toirt seachd seirbheisean slàinte is cùraim shòisealta, agus tha e air a bhith ag obrachadh o chionn a' Ghiblein 2016. 'S e com-pàirteachas a th' ann eadar Comhairle nan Eilean Siar agus NHS nan Eilean Siar, còmhla ri solaraidhean slàinte is cùraim shòisealta san treas raon is san raon neo-eisimeileach.

**108.** Tha an IJB air amasan a chur an cèill airson sheirbheisean amalaichte agus ro-chasgach sa phlana ro-innleachdail 2020/21 aige. Tha seo a' cur an cèill adhartas a rinneadh ann an sgìrean, a' gabhail a-steach:

- a' meudachadh an raoin de sheirbheisean a thathar a' toirt seachd tro phrìomh chùram ann an co-rèir ris a' chùmhnant ùr airson dotairean-teaghlaich
- a' gluasad barrachd sheirbheisean slàinte-inntinn a-steach don choimhearsnachd, agus a' leasachadh ro-innleachd airson daoine aig a bheil ciorram ionnsachaidh agus autasachd

- a' leasachadh sheirbheisean cùraim san dachaigh gus piseach a thoirt air càileachd na seirbheise agus air rianan-obrach airson luchd-obrach.

### **Tha dùbhlain ann an cùram sòisealta le leigeil dhaoine a-steach a dh'ospadal gu neo-phlanaichte agus dàlaichean ann a bhith gan leigeil mu sgaoil**

**109.** A rèir dàta bho shuirbhidh slàinte, tha riarachas sna h-Eileanan Siar ga choimeasachadh gu fàbharach ris a' chuibheas nàiseanta, ach tha e air a dhol sìos sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Tha aig a' Chomhairle aon de na co-rèirean as ìsle de dhaoine nas sine na 65 aig a bheil feumalachdan fad-ùineach agus a tha a' faighinn taic airson fuireach aig an taigh (53.5 sa cheud, an coimeas ris a' chuibheas 2020/21 airson Alba de 61.7 sa cheud).

**110.** Tha an àireamh de dh'euslaintich a chaidh a leigeil a-steach a dh'ospadal ann an dòigh neo-phlanaichte air dhol am meud gu cunbhalach. Tha seo mar iomsgaradh don reat sheasmhach de dh'euslaintich a chaidh a leigeil a-steach a dh'ospadal ann an dòigh neo-phlanaichte ann an Alba. 'S iad na factaran co-chuideachail:

- Tha an àireamh de dhaoine a chaidh a leigeil a-steach a dh'ospadal ann an èiginn air dhol suas mu 25 sa cheud sna còig bliadhna a chaidh, agus tha iad a-nis nas àirde na an cuibheas nàiseanta.
- Tha an ìre de thuiteaman, airson gach 1,000 duine san àireamh-shluaigh a tha barrachd is 65 bliadhna a dh'aois, àrd, aig 29, an coimeas ri figear airson Alba de 21.7 ann an 2020.

**111.** B' e an àireamh de làithean a chaith daoine ann an ospadal nuair a bha iad deiseil a bhith air an leigeil mu sgaoil (airson gach 1,000 duine san àireamh-shluaigh) 764, an coimeas ri 488 airson Alba ann an 2020/21. 'S e seo dùbhlain leantainneach airson nan Eilean Siar.

**112.** Chan eil buidhnean an luchd-sgrùdadh air sgrùdadh a dhèanamh air seirbheisean inbhich no pàiste san dà bhliadhna a chaidh, air sàilleibh a' ghàlair mhòr-sgaoilte. Thèid a' Chomhairle a sgrùdadh ro dheireadh an Lùnastail 2023 tron phrògram Taic is Dìon Inbheach. Ann an sgrùdaidhean agus lèirmheasan a rinneadh roimhe:

- Fhuair co-sgrùdadh air seirbheisean inbheach sa Mhàrt 2016, le Luchd-sgrùdadh a' Chùraim agus Leasachadh Cùram-slàinte na h-Alba, gun robh laigsean brioghmhor ann an coileanadh a' chom-pàirteachas slàinte is cùraim shòisealta (an HSCP). Ann an 2018, fhuair lèirmheas air adhartas gun robh an com-pàirteachas air fhreagairt gu math ris an sgrùdadh agus gun robh e air deagh adhartas a dhèanamh ann a bhith a' dèiligeadh ris na molaidhean.
- An dèidh co-sgrùdadh air seirbheisean airson chlann is daoine òga ann an 2016, fhuair lèirmheas air adhartas san Lùnastal 2017 gun robh luchd-pàirt air adhartas nach bu bheag a dhèanamh.

**113.** Bidh Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim a' sgrùdadh ghoireasan fa leth cuideachd. A-rithist, air sàilleibh bacaidhean a' ghalair mhòr-sgaoilte, cha do sgrùd iad ach ceithir goireasan airson sheirbheisean inbheach thairis air 2020/21 agus cha do sgrùd iad goireas airson sheirbheisean chloinne idir. Fhuair sgrùdaidhean a rinneadh roimhe na leanas:

- Cùram aig an taigh: Bha 85 sa cheud de sheirbheisean sna h-Eileanan Siar air an rangachadh math no nas fheàrr agus bha seo coltach ris a' chuibheas Albannach.
- Dachaighean-cùraim airson seann daoine: bha 44 sa cheud de dhachaighean-cùraim sna h-Eileanan Siar air an rangachadh math no nas fheàrr, agus bha seo fon chuibheas Albannach de 50 sa cheud.
- Seirbheisean cùram-còmhnaidh do chloinn agus daoine òga: Bha ìrean math no nas fheàrr aig 50 sa cheud. Bha seo fon chuibheas Albannach de 75 sa cheud.

**114.** Tha dùbhlain ana-mhòr a thaobh so-sheasmhachd cùraim shòisealta air feadh Alba, don do tharraing sinn aire sa [Bhrath-ullachaidh againn air cùram sòisealta](#) san Fhaoilleach 2022. ([Rannsachadh-cùise 3](#)) a' tarraing aire do na dùbhlain ceangailte ri àireamh-shluaigh agus feachd-obrach ann a bhith a' toirt seachad seirbheisean cùraim shòisealta.

**115.** Tha an IJB a' leasachadh plana ro-innleachdail ath-ùraichte gus planaichean a' bhùird a chur an cèill a thaobh ionmhas, feachd-obrach agus cruth-atharrachadh. Is dòcha gum bi an sealladh ionmhasail airson IJBs air feadh Alba dùbhlanaich fhathast, agus bheir seo buaidh air buidseatan tiomnaichte airson slàinte is cùram sòisealta agus air a' Chomhairle agus Bòrd NHS nan Eilean Siar mar bhuidhnean pàrant.

**116.** San Ògmhios 2022, fhuair Riaghaltas na h-Alba aonta ri prìomh reachdas sa chruth [Bile Seirbheis Cùraim Nàiseanta \(Alba\)](#). Tha seo a' cur an cèill frèam-obrach gus seirbheis cùraim nàiseanta a stèidheachadh, agus Ministearan na h-Alba air an dèanamh cunntachail airson obair shòisealta agus taic cùraim shòisealta. Bidh e cuideachd a' cruthachadh bhòrd cùraim ionadail, a bhios air an cur an àite IJBs, le uallach airson seirbheisean cùraim shòisealta a phlanadh, a chomiseanadh agus a sholarachadh. Bidh sinn ag aithris air dè a' bhuaidh a bhios aig na h-ullachaidhean ùra fhad 's a thathar a' leasachadh a' Bhile agus ga chur an gnìomh.

## **Tha a' Chomhairle a' toirt taic do choimhearsnachdan gus roghainnean ionadail a dhèanamh a thaobh maoinachadh**

**117.** Bidh a' Chomhairle a' gabhail a-steach coimhearsnachdan ann an co-dhùnaidhean mu thar-aiseag mhaoinean agus mu libhrigeadh sheirbheisean ionadail. Tha cleachdadh na Comhairle san raon seo a' ro-lathachadh Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015. 'S e am pròiseas a th' aca, sa chiad àite, maoinean a thairgse do choimhearsnachdan aig cosgais lùghdaichte far a bheilear a' faicinn sochair don choimhearsnachd. Thar-aisig iad trì maoinean ann an 2020/21 airson cleachdadh le buidhnean-cluiche, làraichean-campachaidh agus lann lùth-chleas. Chuir a' Chomhairle air dòigh eacarsaich buidseit chom-pàirteach ann an 2019 le coimhearsnachdan agus solaraichean bhon treas raon gus cùmhnant còmhdaidh a dhealbhadh dhaibh fhèin.



**118.** 'S e maoineachadh Oighreachd a' Chrùin prìomh uidheamachd na Comhairle a-nis airson buidseatadh a tha air a threòrachadh leis a' choimhearsnachd. Tha a' Chomhairle air a bhith na guth làidir airson maoineachadh Oighreachd a' Chrùin a chleachdadh gus taic a thoirt do dh'ath-bheòthachadh sòisealta is eaconamach ann an coimhearsnachdan cladaich. Tha 12 fhòram sgìre aca a bhios a' riarachadh a' mhaoineachaidh air feadh nan eilean.

**119.** Bidh na fòraman a' leigeil le riochdairean ionadail, a' gabhail a-steach buill thaghte, comhairlean coimhearsnachd agus buidhnean coimhearsnachd, gus co-dhùnadh a dhèanamh air dè na pròiseactan ionadail a gheibh taic tro mhaoineachadh Oighreachd a' Chrùin agus maoineachadh eile leithid Maoin Dùbhlann Coimhearsnachd. Bidh oifigearan Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd a' cumail taic ri gach fòram.

**120.** Tha a' Chomhairle a' toirt taic do dhòigh-obrach a tha air a treòrachadh leis a' choimhearsnachd ann an sgìrean ionadail. Tha dà fhòram-sgìre (Na Hearadh agus Barraigh is Bhatarsaigh) air chur romhpa an raon-ùghdarras aca a leudachadh air alt 's gum faod iad a bhith mar ghuth coitcheann airson na sgìre aca agus planaichean-gnìomh ionadail a leasachadh. Tha dà fhòram-sgìre eile a bharrachd airson am modail seo a leantainn. Tha a' Chomhairle a' rùnachadh coimhearsnachdan a chuideachadh gu bhith a' togail air na lìonraidhean agus ullachaidhean ionadail aca fhèin, an àite dòigh-obrach a-nuas bhon mhullach a leigeil orra. Tha adhartas air rianan-obrach nan sgìrean a chur an gnìomh air a bhith slaodach, agus chaidh dàil a chur sa ghnothach leis a' ghalar mhòr-sgaoilte.

**121.** 'S e feart eile nan eilean gu bheil iomadh urras coimhearsnachd neo-eisimeileach ann. Chaidh mòran dhiubh a stèidheachadh fon chòir coimhearsnachd air ceannachd, agus com-pàirt aca ann an croitearachd agus cruthachadh lùths-gaoithe. Faodaidh iad stòr maoineachaidh a bharrachd a thoirt seachad airson phròiseactan ionadail. Bidh a' Chomhairle a' toirt taic do na buidhnean seo le iarrtasan airson maoin a thar-aiseag agus a' dèanamh thagraidhean airson maoineachadh. Tha cuid de na h-urrasan coimhearsnachd a' faighinn sùimeannan beaga maoineachaidh bhon Chomhairle gus goireasan ionadail obrachadh, leithid ath-chuairteachadh sgudail.

**122.** Dh'fhaodadh a' Chomhairle barrachd a dhèanamh gus na planaichean aca air rianan-obrach ionadail a chur an cèill. Bhiodh seo a' cuideachadh a' phobail a bhith a' tuigsinn dè an taic agus na roghainnean a tha rim faotainn.

### **Bidh a' Chomhairle a' com-pàirteachadh choimhearsnachdan agus a' dèanamh deagh bhuil de dhàta ionadail gus cumadh a thoirt do na planaichean aca**

**123.** Bidh a' Chomhairle a' com-pàirteachadh choimhearsnachdan agus a' dèanamh deagh bhuil de dhàta ionadail gus cumadh a thoirt do na planaichean aca. Chaidh am plana leasachaidh bhuilean ionadail (an LOIP) a leasachadh thairis air 18 mìosan tro thachartasan ris an cainte còmhradhean coimhearsnachd agus iomairt 'Get Heard'. Chleachd iad an t-uidheam Place Standard agus an suirbhidh How Good is Our Place gus cumadh a thoirt do phrìomhachasan an LOIP. Chleachd a' Chomhairle na còmhradhean coimhearsnachd seo mar thachartasan gus beachdan a shireadh air na molaidhean buidseit aca agus air roghainnean dealbhachaidh airson sheirbheisean ionadail.

**124.** Tha luchd-obrach CLD na Comhairle a' toirt seachad deagh thaic leantainneach do choimhearsnachdan, a' gabhail a-steach obair air cumhachdachadh na h-òigridh. Bidh a' Chomhairle agus an treas raon cuideachd ag obair gu dlùth tron OHCPP, fòraman-sgìre agus na ceanglaichean aca le comhairlean coimhearsnachd.

**125.** Bha a' Chomhairle an sàs ann an 12 cho-chomhairleachadh ann an 2020/21. Thathar a' dèanamh toraidhean nan co-chomhairleachaidhean rim faotainn don phoball air làrach-lìn na Comhairle le bhith a' cleachdadh cruth cuideachail 'Dh'fhaighnich sinn, Thuirt sibhse, Rinn sinne'. Cha do thàlaidh an co-chomhairleachadh aca a rinneadh o chionn ghoirid, air an ro-innleachd chorporra aca airson 2022-27, ach grunn fhreagairtean. Bu chòir don Chomhairle togail air an deagh chleachdadh a bh' aca roimhe airson an stiùireadh ro-innleachdail aca a chur air dòigh, a' gabhail a-steach an ath-ùrachadh a thathar a' planadh airson an LOIP aca.

### **Bidh a' Chomhairle ag obair gu math le luchd-pàirt ann a bhith a' leasachadh eaconamachd na sgìre**

**126.** Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil obair com-pàirteachais deatamach airson na h-amasan eaconamach aca a choileanadh. Tha iad air taic a thoirt do dh'obair gu dlùth ann an com-pàirteachas le luchd-pàirt eaconamach, a' gabhail a-steach Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Bealach Gnothachais, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Ùghdarras Port Steòrnabhaigh, a' gabhail a-steach co-shuidheachadh sgiobaidhean ann am prìomh oifisean na Comhairle. Tha a' Chomhairle na ball for-ghnìomhach den Chom-pàirteachas Roinneil Eaconamach, a tha ag amas air com-pàirtean roinneil a thoirt ri chèile gus fàs eaconamach a dhràibheadh. Bidh iad a' toirt taic do leasachadh eaconamach Innse Gall tro raon farsaing de ghnìomhachdan:

- a' toirt taic do 380 dreuchdan le bhith a' toirt seachad maoinachadh luach £1.8 millean airson ghnòthachasan ionadail
- a' coileanadh aonta eadar a' Chomhairle agus oighreachdan fearainn gus taic a thoirt do phròiseactan coimhearsnachd agus do ceithir ceannachdan coimhearsnachd
- a' cur air adhart cothroman airson lùths-gaoithe a chruthachadh tro dhealbhachd agus còmhradhean le Riaghaltas na h-Alba
- a' faighinn maoinachadh luach £9.8 millean bho Mhaoin Thabhartasan Calpa airson Ath-bheòthachadh airson 10 pròiseactan ath-bheòthachadh choimhearsnachdan ionadail, a' cuideachadh gu bhith a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan agus a' librigeadh fàs in-ghabhailta
- a' libhrigeadh phròiseactan bun-structair agus leasachaidh àrainneachdail, a' gabhail a-steach ceithir marinathan ùra agus am pròiseact gus àrainn Caistel Leòdhais ath-nuadhachadh.

## Tha seirbheisean aiseig glè chudromach, agus tha dàlaichean ris an dà bhàt'-aiseig ùr air droch bhuidh a thoirt air coimhearsnachdan eileanach

**127.** Tha seirbheisean aiseig fhathast nan cùis dheatamach airson nan eilean. 'S ann air Còmhdhail Alba a tha an t-uallach airson obrachaidhean nam bàtaichean-aiseig. Ged nach ann air a' Chomhairle a tha an t-uallach airson bhàtaichean-aiseig, tha iad a' glèidheadh còig puirt air feadh nan eilean.

**128.** Tha an [aithisg](#) a rinn an t-Àrd-neach-sgrùdaidh ann an 2022 a' mìneachadh nan dàlaichean an lùib togail an dà bhàt'-aiseig ùir airson lìonra na Cluaidhe agus Innse Gall. Ann an 2014, bha adhbhar-gnothaich air a chur air adhart le Còmhdhail Alba, le taic bho Stòras Mara Cailleanach eta agus CalMac, airson dà shoitheach, a bhiodh comasach air dà sheòrsa chonnaidh a chleachdadh, airson an lìonraidh. 'S e aon de na soitheachan seo (soitheach 802) am bàt'-aiseig airson na seirbheise deatamaich eadar Ùige, an Tairbeart agus Loch nam Madadh sna h-Eileanan Siar. Bu chòir gun deach an dà shoitheach a lìbhrigeadh ann an 2018, a' toirt bhuanachdan sòisealta, eaconamach agus àrainneachdail do na h-eileanan. Fhuair an aithisg gun robh dàilichean agus ro-chaitheachas air droch bhuidh a thoirt air coimhearsnachdan eileanach agus ath-leumachd a lagachadh air feadh lìonra na Cluaidhe agus Innse Gall. Thathar an dùil ri soitheach 802 a lìbhrigeadh eadar an Dàmhair agus an Dùbhlachd 2023, mu chòig gu leth bliadhna nas anmoiche na bhathar a' planadh air thùs.

## Tha Cùmhnant Fàs nan Eilean a' toirt frèam-obrach agus maoinachadh airson prìomh phròiseactan eaconamach

**129.** Fhuair cnàmhan nan cumhaichean airson Cùmhnant Fàs nan Eilean aonta bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte sa Mhàrt 2021. Bidh cùmhnantan fàs nan roinnean a' cur an cèill amasan ro-innleachdail fad-ùineach airson eaconamaidhean roinneil a leasachadh. Tha a' Chomhairle air dreuchd fhor-ghnìomhach a ghabhail ann a bhith a' leasachadh a' Chùmhnant, còmhla ri Comhairle Arcaibh agus Comhairle Shealtainn.

**130.** Tha an cùmhnant a' gabhail a-steach seilbh airgid luach suas ri £335 millean thairis air na trì ùghdarrasan eileanach. Bidh riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a' toirt seachad seilbh airgid luach £100 millean thairis na h-ath 15 bliadhna, le ùmhlachd do aonta airson na cùise-gnothachais iomlaine airson gach pròiseact. Bidh luchd-pàirt bho air feadh nan raointean poblach, prìobhaideach agus acadaimigeach a' toirt seachad seilbh airgid a bharrachd luach £235 millean. Tha an cùmhnant a' cur an cèill co-ghealltanasan airson ath-bheòthachadh seasmhach nan eaconamaidean ionadail agus airson fàs ann an raointean, a' gabhail a-steach turasachd, bun-structar, ùr-ghnàthachadh, eadar-glhuasad lùtha agus sgilean ([Ball-taisbeanadh 9](#)).

**131.** Tha amasan a' Chùmhnant co-chòrdail ri Plana Nàiseanta nan Eilean agus an ro-innleachd roinneil airson na sgìre aig Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha luchd-pàirt a' leasachadh chnàmhan nan cùisean-gnothachais airson pròiseactan sònraichte. Mar a chaidh a mholadh san aithisg 2020 againn [Aontaidhean Fàs is Mòr-Roinn Cathair-bhaile](#), bu chòir do luchd-pàirt toirt fa-near mar a bhios iad a' tomhas soirbheas fad-ùineach a' chùmhnant.

---

## Ball-taisbeanadh 9

### Cùmhnant Fàs nan Eilean agus na prìomh phròiseactan aige

Tha an Cùmhnant a' gabhail a-steach raon de phròiseactan a chaidh a dhealbhadh gus taic a thoirt do dh'fhàs agus do dh'àm ri teachd beag-chàrboin.


Tha am pròiseact Leasachadh nan Eilean Siar mar Cheann-uidhe a' togail air dualchas àrainneachdail is cultarach nan eilean. Tha e ag amas air cothroman fastaidh a chruthachadh air feadh nan eilean, a' gabhail a-steach na pròiseactan a leanas:

- A' cruthachadh eòlasan turasachd timcheall Hiort, fir-bhrèige Chalanais agus tàlaidhean luchd-turais eile stèidhichte air eachdraidh nan eileanach.
- Prògram deoch is biadh Innse Gall gus taic a thoirt do phrìomhachasan airson seilbh calpa, air aontachadh le uachdaran-fearainn coimhearsnachd agus riochdairean nan gnìomhachasan tuathanachas-uisge agus iasgach.
- Am pròiseact ath-leasachaidh airson àrainn Innse Gall gus goireasan Oithigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a mheudachadh air feadh Innse Gall. Tha seo ag amas air àireamh-shluaigh òg a thàladh do na h-eileanan, luchd-obrach òg a ghlèidheadh agus feachd-obrach sgìleil a leasachadh airson ghnothachasan a th' ann agus a tha gan leudachadh.

Tha an Cùmhnant ag amas air togail air comas air leth a th' aig na h-eileanan airson lùths uaine agus beag-chàrboin san àm ri teachd. Tha am pròiseact Ionad Cumhachd Ionadail Innse Gall ag amas air am bun-structar tòiseachail a thoirt seachad gus haidridean uaine a chruthachadh le bhith a' cleachdadh lùths ath-nuadhachail bho lùth-gaoithe air-tìr agus far-cladaich.

# Pàirt 5

## A bheil a' chomhairle a' nochdadh piseach leantainneach?



Tha a' Chomhairle air iomadh iomairt shoirbheachail a chur an gnìomh, ach tha luaths atharrachaidh thar cheann air a bhith slaodach. Feumaidh iad dèanamh cinnteach gu bheil an comas ceannardais aca gus atharrachadh ro-innleachdail agus cruth-atharrachail a dhràibheadh aig an luaths a tha a dhìth.

### Bidh a' Chomhairle a' cur fòcas air atharrachaidhean is leasachadh beag-sgèileach agus tha planadh ro-innleachdail cruth-atharrachail a dhìth orra

**132.** Chaidh na leasachaidhean a fhuair ann an coileanadh na Comhairle o chionn ghoirid a phutadh air adhart leis na roinnean seirbheise aca. Tha seo air beagan chleachdaidhean ùr-ghnàthach adhbharachadh, a' gabhail a-steach:

- am prògram preantasachd agus sgeamaichean so-fhastachd aca gus luchd-obrach a dhleasadh airson na Comhairle agus air feadh nan Eilean Siar
- an iomairt e-Sgoil gus ionnsachadh a bhrosnachadh sna h-eileanan agus nas fhaide air falbh
- modailean ùra de cheannardas bun-sgoile le ceannardan-gnìomha agus ceannardan-sgoile
- nodhachadh seòmar na Comhairle airson teicneòlas choinneamhan aig astar a chleachdadh
- na molaidhean airson mòr-ionadan coimhearsnachd gus modail ùr airson lìbhrigeadh sheirbheisean a leasachadh.

**133.** Tha leasachadh mòr-sgèileach nas neo-fhollaisich. Chuir am plana-atharrachaidh as ùire (2017) am fòcas air ath-structaradh is leasachadh na buidhne. Fhuair e ìre de shealbhan tro anbharran saor-thoileach, reic shealbhan agus sàbhalaidhean cùmhnantail, ach cha tug e fa-near cothroman airson cruth-atharrachadh air feadh na Comhairle.

**134.** Bu chòir do gach cuid buill thaghte agus oifigearan am fòcas air atharrachadh ro-innleachdail a neartachadh. Bidh sgioba stiùiridh chorporra (CMT) a' toirt fa-near gnòthaichean air feadh na Comhairle a bhios a' buntainn ri feachd-obrach, leasachaidhean poileasaidh agus cùisean obrachaidh cudromach eile. Chan eil fòcas làidir aca air cruth-atharrachadh agus leasachadh. Mar a dh'ainmicheadh

mar-thà san aithisg seo, bu chòir don Chomhairle amas air buill a ghabhail a-steach barrachd ann an co-dhùnaidhean ro-innleachdail, agus bu chòir gu bheil seo a' gabhail a-steach roghainnean airson atharrachadh agus leasachadh.

**135.** Tha a' Chomhairle a' creidsinn nach eil uimhir de chothroman airson cruth-atharrachadh mòr-sgèileach nan seirbheisean aca air na h-eileanan. Tha margaid an raoin phrìobhaidich airson far-thobrachadh cuingichte agus, le àireamh-shluaigh a' sior-lùghdachadh, tha nas lugha de roghainnean ann airson seirbheisean a libhrigeadh. Tha seo a' cuingealachadh roghainn na Comhairle airson na seirbheisean aca a lùghdachadh no cruth ùr a chur orra, leithid leabharlannan agus cur-seachadan. Bu chòir dhaibh, ge-tà, dearbhadh gu bheil iad air cothroman a rannsachadh leithid cleachdadh teicneòlas didseatach, maoinnean no solarachadh gus piseach a chur air na seirbheisean aca.

**136.** Tha a' Chomhairle fhathast a' leasachadh na ro-innleachd didseataich aca. Tha e cudromach gum bi seo a' cur an cèill mar a bhios iad a' cur chothroman didseatach gu feum gus cruth-atharrachadh a thoirt air libhrigeadh sheirbheisean agus dòighean-obrach. Bu chòir gu bheil an ro-innleachd ùr a' toirt taic do stiùireadh na Comhairle air iomairtean didseatach thairis air gnìomhachdan.

### **Feumaidh fèin-mheasadh a bhith nas ro-innleachdail agus luchd-cosnaidh a chom-pàirteachadh barrachd ann an gnìomhachd atharrachaidh agus leasachaidh**

**137.** Tha pròiseas fèin-mheasadh na Comhairle stèidhichte gu ìre mhòr air stiùireadh Feabhas Luach agus frèam-obrach leasachadh sheirbheisean poblach, a tha buntainneach air feadh na Rìoghachd Aonaichte. Tha buidheann dealbhadh-gnìomha Feabhas Luach ann gus gnìomhachdan leasachaidh is rianachd chunnairt fhisge a-steach ann an seirbheisean.

**138.** Bithear a' dèanamh fèin-mheasaidhean ann an roinnean seirbheise, agus tha iad air leasachaidhean beag-sgèileach, sa mhòr-chuid, a thoirt gu buil. Tha iad air aire a tharraing gum feum a' Chomhairle piseach a chur, ann an dòigh a ghearras tarsainn diofar roinnean, air leasachadh phlanaichean a thaobh rianadh mhaoinean, didseatach agus atharrachadh gnàth-shìde.

**139.** Bu chòir don Chomhairle an luchd-cosnaidh aca a chom-pàirteachadh barrachd ann an gnìomhachd atharrachaidh is leasachaidh. Cha ghnàth gum bi luchd-cosnaidh an sàs ann an leasachadh sheirbheisean agus iomairtean atharrachaidh, ged a bhios luchd-obrach cùraim shòisealta a' cur gu deagh bhuil cleachdadh meòrachail agus lèirmheas cho-obraichean.

**140.** Bidh comataidh sgrùdaidh a' gabhail sealladh air taobh a-muigh agus a' toirt fa-near aithisgean nàiseanta air sgrùdadh is leasachadh, còmhla ri aithriseadh cunbhalach air dèanadas poblach bhon taobh a-staigh.

### **Tha luaths an atharrachaidh air a bhith slaodach. Feumaidh a' Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil an comas ceannardais aca gus atharrachadh a dhràibheadh**

**141.** Thug an Coimisean fa-near, san aithisg as ùire aca ann an 2014 gus iar-sgrùdadh a dhèanamh air Feabhas Luach, gum feum cultar de phiseach leantainneach a bhith mar fheart maireannach nach tèid a lasachadh le tachartasan leithid atharrachaidhean ann an ceannardas poilitigeach no

ceannardas aig ìre oifigearan. **Ball-taisbeanadh 10** a' dèanamh geàrr-chunntas air adhartas air na breithean san aithisg 2014. Stèidhichte air seo, tha sinn air cho-dhùnadh gu bheil luaths an atharrachaidh san fharsaingeachd air a bhith slaodach, a dh'aindeoin grunn eisimpleirean de sheirbheis ùr-ghnàthach.

**142.** Tha e deatamach gum bi a' Chomhairle a' glèidheadh a' chomais ceannardais a tha a dhìth orra gus na h-amasan aca a choileanadh. Is dòcha gum bi an ceannard agus triùir dhiubhsan a tha an dreuchd aig ìre stiùiriche a' leigeil dhiubh an dreuchdan sna beagan bhliadhnaichean ri teachd. Tha a' Chomhairle ag obrachadh an-dràsta gun stiùiriche ionmhais ro-innleachdail. Fa chomhair nan duilgheadasan fastaidh air na h-eileanan, 's e cunnart a tha seo airson comas na Comhairle gus atharrachadh a choileanadh aig an luaths a tha a dhìth.

**143.** Tha dì-dhaoineachadh agus duilgheadasan trusadh luchd-obrach mar dhùbhlán èiginneach airson seirbheisean a chumail suas air na h-eileanan. A rèir ro-mheasaidhean na Comhairle airson a' bhuidseit aca san àm ri teachd, dh'fheumadh iad sàbhalaidhean luach suas ri £13 millean a chomharrachadh ro dheireadh 2033. Bu chòir don Chomhairle na planaichean feachd-obrach aca ath-ùrachadh mar phrìomhachas agus dèanamh cinnteach gu bheil an comas ceannardais aca gus na planaichean àrd-amasach aca a choileanadh gus seirbheisean a ghlèidheadh airson coimhearsnachdan nan eilean.

**144.** Feumaidh barrachd fòcas a bhith aig buill thaghte agus oifigearan air leasachadh ro-innleachdail agus fèin-mheasadh. Feumaidh a' Chomhairle barrachd atharrachaidh ro-innleachdail agus chruth-atharrachail a choileanadh an àite leasachaidh a thaobh obrachadh a-mhàin. Bu chòir dhaibh cuideachd, a thaobh lèirsinn agus prìomhachasan, conaltradh nas soilleire a dhèanamh ri luchd-obrach, ri luchd-ùidhe agus ris a' phoball.

**145.** Bu chòir don Chomhairle cumail orra leis a' phrògram leasachadh ceannardais aca agus bu chòir dhaibh barrachd ceuman leantainneachd gnothachais a stèidheachadh gus glèidheadh comais a chuideachadh. Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gun do chluich an luchd-pàirt aca dreuchd chudromach ann a bhith a' coileanadh nan amasan aca, agus bu chòir dhaibh togail air an deagh obrachadh leis an luchd-pàirt eaconamach agus eile aca. Tha dreuchd stiùiridh chudromach aig an OHCPP ann a bhith a' coileanadh amasan nas fharsainge a' chom-pàirteachais airson nan eilean.


## Ball-taisbeanadh 10

Adhartas air breithean Feabhas Luach a rinneadh roimhe

Co-dhùnadh air luach as fheàrr 2014	Co-dhùnadh Rianadair Sgrùdaidh 2022	Faic
Tha a' Chomhairle air rianachd, aithriseadh agus fèin-mheasadh air coileanadh a leasachadh, agus tha iad air cultar de dhùbhlán is de leasachadh air fhisge a-steach barrachd.	Tha rianachd coileanaidh air an cultar a thaobh leasachaidh a neartachadh ann an seirbheisean. Feumaidh buill thaghte agus an CMT fòcas a chur air prìomhachasan cudromach, dreuchd nas làidire a ghabhail ann a bhith a' dràibheadh leasachadh ro-innleachdail agus luchd-obrach a chom-pàirteachadh ann an atharrachadh.	<a href="#">Pàirt 2</a>
Tha a' Chomhairle air beachdan nan coimhearsnachdan aca a thoirt ri chèile agus an cur gu feum gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean agus air dealbhachadh sheirbheisean.	Tha a' Chomhairle a' dèanamh deagh bhuil de raon de dhòighean-obrach com-pàirteachaidh, a' gabhail a-steach tachartasan còmhraidhean coimhearsnachd. Tha fòraman-sgìre air an stèidheachadh gus taic a thoirt do choimhearsnachdan ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean air maoineachadh Oighreachd a' Chrùin.	<a href="#">Pàirt 4</a>
Tha e follaiseach gu bheil luaths an atharrachaidh air a dhol am meud, gu h-àraid ann am prìomh raointean leithid rianadh mhaoinean agus feachd-obrach.	Tha luaths an atharrachaidh air shlaodachadh, agus tha an galar mòr-sgaoilte Covid-19 air chur ri seo. Tha plana feachd-obrach agus plana leasachadh na buidhne air a bhith air an stèidheachadh, a bharrachd air prògram preantasachd èifeachdach. Feumaidh na ro-innleachdan corporra seo a bhith air an ath-ùrachadh agus taic fhaighinn bho phlanadh nas mionaidich aig ìre seirbheise. Tha planaichean didseatach agus rianadh mhaoinean a-mach à deit agus feumar an leasachadh.	<a href="#">Pàirt 3</a> agus <a href="#">Pàirt 5</a>
Tha obair pisich na Comhairle a-nis a' faighinn buannachd à fòcas nas motha air fèin-mheasadh.	Tha a' Chomhairle a' cleachdadh frèam-obrach leasachaidh an raoin phoblaich agus stiùireadh air Feabhas Luach, ach chan eil iad seo ach air leasachaidhean beaga adhbharachadh ann am pròiseasan. Tha buidheann dealbhadh-gnìomha Feabhas Luach a' cumail sùil air leasachadh roinnean, ach tha fòcas ro-innleachdach a dhìth air fèin-mheasadh.	<a href="#">Pàirt 5</a>
Tha a' Chomhairle air buidheann-obrach bhall is oifigearan a stèidheachadh, a tha a' dèiligeadh gu h-èifeachdach le leasachadh corporra, gus oifigearan air a bheil uallach a chumail cunntachail.	Tha na buidhnean-obrach bhall is oifigearan agus Bòrd a' Bhuidseit a' cur piseach air stiùireadh a' bhuidseit, air obair bhall is oifigearan agus air toirt taic do chom-pàirteachadh choimhearsnachdan.	<a href="#">Pàirt 1</a>
Feumaidh a' Chomhairle sgilean an feachd-obrach a leasachadh, a' gabhail a-steach measadh coileanaidh agus trèanadh ceangailte ri planadh feachd-obrach. Bu chòir dhaibh rianadh neo-làthaireachd a leasachadh.	Tha a' Chomhairle air na goireasan trèanaidh air-loidhne aca a mheudachadh agus feumaidh iad trèanadh ceannardais a chur an gnìomh. Tha iad air pròiseas fèin-mheasaidh a thoirt a-steach airson luchd-cosnaidh. Tha neo-làthaireachd air sàilleibh tinneas air a dhol am feabhas, ach tha seo fhathast os cionn a' chuibheis nàiseanta gach cuid airson luchd-obrach teagaisg agus luchd-obrach neo-theagaisg.	<a href="#">Pàirt 1</a> agus <a href="#">Pàirt 3</a>
Feumaidh a' Chomhairle piseach a chur air measadh riarachas chustamairean/shaoranach.	Tha a' Chomhairle air inbhean cùram chustamairean a thoirt a-steach, a bharrachd air suirbhidhean air riarachas chustamairean, ceangailte ri roinn na làraich-lìn aca 'Have Your Say'. Thathar a' gabhail a-steach gearanan sna h-aithisgean coileanaidh gach ràith do chomataidh.	<a href="#">Pàirt 5</a>



# Molaidhean



## Bu chòir don Chomhairle toirt fa-near na molaidhean leasachaidh a leanas:

- Bu chòir don Chomhairle prìomhachasan soilleir, sònraichte, iomlan a chomharrachadh, a bharrachd air gnìomhan airson an lèirsinn aca a thoirt air adhart.
- Bu chòir do bhuill thaghte dèanamh cinnteach gu bheil iad a' toirt seachad stiùireadh agus dùbhlannan agus lèirsinn is prìomhachasan na Comhairle adhartachadh.
- Bu chòir don Chomhairle planadh ionmhasail airson na meadhan- gu fad-ùine a leasachadh, a bharrachd air planadh ro-innleachdail a thaobh feachd-obrach agus rianadh mhaoinean.
- Nuair a thathar a' leasachadh phròiseactan calpa, a' gabhail a-steach na molaidhean aca airson mòr-ionadan coimhearsnachd, bu chòir don Chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil pròiseactan a' faighinn taic bho chùisean-gnothaich làidir agus gu bheil leasain gan ionnsachadh bhon phròiseact Cnoc nan Gobhar ann an raointean leithid maoinachadh agus goireasachadh.
- Bu chòir don Chomhairle piseach a chur air a' phròiseas aca airson cothroman sàbhalaidd a chomharrachadh agus a thoirt gu buil, a' gabhail a-steach cothroman bho obair a ghearras tarsainn na Comhairle agus bho obair chom-pàirteachais. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil a' lorg a-mach gu h-iomlan cothroman airson èifeachdasan didseatach.
- Bu chòir don Chomhairle agus an luchd-pàirt aca an LOIP a leasachadh maille ri frèam-obrach soilleir airson coileanadh a stiùireadh agus builean co-phàirtichte a ghabhas coileanadh a libhrigeadh.
- Bu chòir don Chomhairle cothroman trèanaidh leantainneach a leasachadh airson bhall agus oifigearan, a' gabhail a-steach trèanadh cho-ionannachdan gu bhith àithnteil airson luchd-obrach uile agus a' meudachadh ìre-chleachdaidh bhall air cothroman trèanaidh.
- Bu chòir don Chomhairle na rianan-obrach aca airson sgìrean a leasachadh agus conaltradh mun deidhinn a dhèanamh nas soilleir, a' togail air an deagh chleachdadh a th' ann mar-thà.
- Bu chòir don Chomhairle piseach a chur air conaltraidhean air feadh na comhairle, a' gabhail a-steach conaltradh air prìomhachasan na Comhairle.

# Eàrr-ràdh

## Loidhne-ama airson sgrùdadh Feabhas Luach



Slighe na comhairle

### An t-Samhain 2005

Chaidh Malcolm Burr fhasadh mar Àrd-oifigear ùr

### An Cèitean 2007

Taghadh Comhairlean na h-Alba

### An Cèitean 2012

Taghadh Comhairlean na h-Alba

### An Cèitean 2017

Taghadh Comhairlean na h-Alba

### An Cèitean 2022

Taghadh Comhairlean na h-Alba



### August 2006

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd



### Dùbhlachd 2012

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd – Aithisg iar-sgrùdaidh



### An Cèitean 2014

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd – Aithisg iar-sgrùdaidh



### An t-Samhain 2011

Sgrùdadh Feabhas Luach agus Dealbhadh Coimhearsnachd



### An t-Sultain 2022

Aithisg Barantais air Feabhas Luach



# Aithisg Barantais air Feabhas Luach Comhairle nan Eilean Siar

Tha foillseachaidhean Sgrùdadh Alba rim faighinn ri luchdadh a-nuas ann an grunn diofar chruthan. Airson barrachd fiosrachaidh mu na prionnsabalan ruigsinneachd againn, dèan tadhal air:

[www.audit-scotland.gov.uk/accessibility](http://www.audit-scotland.gov.uk/accessibility) 

Airson nan naidheachdan, nan aiseagan agus an fhiosrachaidh as ùire, lean sinn air:



Sgrùdadh Alba, 4mh Làr, 102 West Port, Dùn Èideann EH3 9DN  
T: 0131 625 1500 P-d: [info@audit-scotland.gov.uk](mailto:info@audit-scotland.gov.uk)   
[www.audit-scotland.gov.uk](http://www.audit-scotland.gov.uk) 

ISBN 978 1 913287 97 9